fèisean
NAN GÀIDHEAL

Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd-stiùiridh
Dihaoine 26mh Sultain 2025 bho 11:30m
Taigh-òsta a' Bhaile, Glaschu

Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd-stiùiridh bho 11m, Dihaoine 26mh Sultain 2025 ann an Taigh-òsta a' Bhaile, Glaschu

Clàr-chùisean

3.2025.01	**CÙISEAN TÒISEACHAIDH**	
(a)	An làthair	
(b)	Leisgeulan	
(c)	Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhòrd	Airson Aontachaidh
(d)	Cùisean a' togail ceann	
3.2025.02	**CÙISEAN LEASACHAIDH**	
(a)	Adhartas le Prògram-obrach Fèisean nan Gàidheal	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(b)	Geàrr-aithisgean Sgioba-obrach	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(c)	Lèirmheas air prògram bhon Chèitean agus sùil romhainn	Aithris airson Fiosrachaidh agus Aontachaidh
(d)	Blas 2025 agus ball Fèis Blas Earranta a thaghadh	Aithris airson Fiosrachaidh agus Aontachaidh
3.2025.03	**CÙISEAN IONMHASAIL**	
(a)	Teachd a-steach agus teachd a-mach 2025-26	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(b)	Suimeannan airgid anns a' bhanca agus fiosrachadh as ùire	Aithris airson Fiosrachaidh
(c)	Cunntasan Riaghlaidh gu 30 Ògmhios 2025	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(d)	Tabhartasan nam Fèis 2025-26	Airson Fiosrachaidh
(e)	Cunntasan Bliadhnail gu 31 Màrt 2025	Airson Aontachaidh
(f)	Dearbhadh air Luchd-sgrùdaidh	Airson Aontachaidh
(g)	Cùmhnantan Maoineachaidh	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
3.2025.04	**CÙISEAN LUCHD-OBRACH**	
(a)	Fiosrachadh as ùire	Aithris airson Fiosrachaidh
(b)	Obair Chothromach an Toiseach	Aithris airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
3.2025.05	**CÙISEAN GNÌOMHAIL**	
(a)	Pròram Cruinneachadh 2025	Airson Fiosrachaidh
(b)	Aithisg Bhliadhnail 2025	Airson Aontachaidh
(c)	Stòrasan Alba Chruthachail: Maoin nan Ealan Gàidhlig is Tasgadh	Airson Fiosrachaidh
3.2025.06	**EILE**	
(a)	G I S B E	
(b)	Ceann-latha na h-ath choinneimh	Airson Fiosrachaidh

Fèisean nan Gàidheal

Fèisean nan Gàidheal
Geàrr-chunntas air coinneamh a' Bhùird Stiùiridh a chaidh a chumail ann an Taigh-òsta Mhuilnean an Rìgh bho 1.00f Dihaoine 23 Cèitean 2025

2.2025.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An làthair
Carola NicCaluim (Cathraiche), Raonaid Lincoln, Tomaidh Dòmhnallach, Ceitidh NicAonghais, Muriel Ní Géibheannaigh, Gwen NicGuaire, Ciorstaidh NicDhùghaill (Iar-chathraiche), Alasdair Paul, Art MacCarmaig (a' frithealadh), Anna Willoughby (a' frithealadh), Calum Ailig MacMhaoilein (a' frithealadh), Eilidh NicCoinnich (a' frithealadh) agus Maria NicAsgaill (a' frithealadh).

Rinn Aonghas MacLeòid eadar-theangachadh mar aon.

Mun deach a' choinneamh fhosgladh gu h-oifigeil, chuir an cathraiche meal a naidheachd air Ciorstaidh NicDhùghaill agus Dec Dutfield air dhaibh gealladh-pòsaidh a thoirt seachad, air Iain MacAsgaill is a bhean, Jennifer, a phòs o chionn ghoirid agus air Abi is Barry MacIlleRuaidh ris a bheil dùil le leanabh.

(b) Leisgeulan
Krisell Dhòmhnallach, Iain MacAsgaill, Siobhan NicAnndrais (Alba Chruthachail), Steven Kellow (Bòrd na Gàidhlig)

(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh de Bhòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal
Bhathar air geàrr-chunntas a chuairteachadh bhon choinneimh a chaidh a chumail air 14 Màrt 2025.
Chaidh gabhail ris a' gheàrr-chunntas mar chunntas fìrinneach den choinneimh, air a mholadh le

Gwen NicGuaire is Tomaidh Dòmhnallach a' cur a thaic ris.

(d) Cùisean a thog ceann
Cha robh gin ann.

2.2025.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas a thaobh a bhith a' cur Pròg ram Obrach Fèisean nan Gàidheal an gnìomh
Bhathar air aithisg a chuairteachadh le Art MacCarmaig air adhartas a' chlàir-obrach gu deireadh a' Mhàirt 2025.

Bha Art toilichte toirt fainear gun robh a' mhòr-chuid de rudan ris an uair; cha robh na bha air a chomharrachadh air an coileanadh air sàilleabh cumhachan air nach robh smachd againn (Coimisean Blas is Meanbh-chuileag) ach rinn a h-uile toradh eile gu math.
Bheachdaich Art air suidheachadh doirbh an ionmhais a bha mu choinneimh Fèisean nan Gàidheal mun àm seo an-uiridh, na mheasg beàrn mhòr sa bhuidseat, agus thug e fainear gu bheil a' bhuidheann ann an àite math a thaobh airgid an-dràsta.

Thug buill a' Bhùird fainear don aithisg.

(b) Aithisgean Adhartas an Luchd-obrach
Bhathar air Aithisgean air Adhartas bhon luchd-obrach a chuairteachadh.
Cha deach puing sam bith a thogail a thaobh Aithisgean Adhartas an Luchd-obrach. Thug Raonaid Lincoln taing don luchd-obrach airson soirbheas na h-obrach seo.

Thug buill a' Bhùird fainear do na bha sna h-aithisgean agus thug an Cathraiche taing do na h-uile airson farsaingeachd na h-obrach san robh iad na lùib.

(c) Sùil air ais air a' chlàr-obrach bhon Dùbhlachd 2024 agus sùil air adhart
Chuir Art MacCormaig, Eilidh NicCoinnich agus Calum Ailig MacMhaoilein lèir-chunntas an cèill den chlàr-obrach an-dràsta is ri tighinn a tha ga chur an gnìomh le Fèisean nan Gàidheal:

- Bheachdaich Art air a' chlàr-obrach is thug e fainear gun robh an t-ionmhas air a chothromachadh gu math aig deireadh na bliadhna-ionmhais. Thug Art taing do dh'Anna Willoughby agus do phanal an agallaimh airson an cuid obrach ann an sanasachadh dreuchd a' Cheannaird.
- Dh'innis Calum Ailig mu thabhartasan Fhèisean, Fèisean na Càisge is an t-Samhraidh, 5 Latha, Fuaran, Amplify, Cèilidhean air Chuairt, Blas agus Oide.
- Dh'innis Eilidh mu Bhlasad Gàidhlig, Beairteas, Oideas Fiosrachadh mun Ghàidhlig, ICÒ, Seinn, Acadamaidh a' Mhòid, Sgoil Shamhraidh na Dràma, Meanbh-chuileag agus leasachadh na dràma.

(d) Clàr-obrach 2025-26 air a nuadhachadh airson Alba Chruthachail agus Plana CO-III 2025-28

Bhathar air clàr-obrach airson Alba Chruthachail agus plana CO-III a chuairteachadh ro-làimh. Thug Art MacCormaig for gun deach cuid de na ceallan a ghearradh den aithisg. Bha Alba Chruthachail air am plana iarraidh san riochd aca fhèin is thugadh fainear gun robh cuid de na puingean a bha roimhe air leth air an cur còmhla o nach eil riochd Alba Chruthachail a' ceadachadh ach deich puingean sa phlana.

Thug buill a' Bhùird fainear do na bha san òraid agus do na prìomhachasan sna mìosan air thoiseach.

2.2025.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Buidseat Ath-leasaichte 2025-26

Bhathar air aithisg a chaidh ullachadh leis a' Mhanaidsear Ghnìomha, Anna Willoughby, a chuairteachadh a bha a' sealltainn teachd-a-steach is cosgais le gnothaichean ionmhais gu 4 Màrt 2025.

Thug buill a' Bhùird fainear do shuidheachadh an ionmhais gu ruige seo.

(b) Income and Expenditure 2025-26

Bhathar air aithisg a chaidh ullachadh leis a' Mhanaidsear Ghnìomha, Anna Willoughby, a chuairteachadh a bha a' sealltainn teachd-a-steach is cosgais le gnothaichean ionmhais gu 13 Cèitean 2025.

(c) Cunntasan Banca agus am fiosrachadh mu dheireadh

Mar a bha na cunntasan aig an àm:
- Cunntas Làitheil – £20,385.12
- Cunntas Àrd-rèidh - £378,139.92
- Cunntas Blas - £9,376.44
- Cunntas Leasachaidh - £8,247.09
- Urras Cobhair Carthannais (UCC) - £419,585.29

Dh'innis Anna Willoughby gun d'fhuaras £137,150 (50% de mhaoineachadh Bòrd na Gàidhlig) agus cuideachd £100,663 bho Chomhairle na Gàidhealtachd (£62,869 dhe seo airson Fèis Blas) Thug buill a' Bhùird fainear do na suimean.

(d) Cothromachadh Ionmhais gu 31 Màrt 2025

Chaidh aontachadh aig a' choinneimh mu dheireadh gum faoidte maoin sam bith a bha air fhàgail aig deireadh bliadhna ionmhais 2024-25 ath-sgaoileadh a-rèir toil a' Cheannaird, taobh a-staigh crìochan Modh-obrach an Ionmhais agus cumhachan co-cheangailte ris a' mhaoineachadh, le aithisg ri fhaighinn aig buill a' Bhùird mar fhiosrachadh.

Mhìnich Art MacCormaig an aithisg a bhathar air cuairteachadh a thaobh ath-riarachadh nam maoinean.

(d) Tabhartasan do na Fèisean 2024-25

Bhathar air liosta de na tabhartasan a bha aontaichte airson Fèisean a chuairteachadh ron choinneimh.

Thug buill a' Bhùird fainear don fhiosrachadh as ùire air tabhartasan do dh'Fhèisean 2024-25 agus dh'aontaich iad gum bu chòir do dh'Art MacCormaig tabhartasan nam Fèisean aig a' Chàisg 2025 a

cheadachadh, leis an fheadhainn sin agus an còrr de thabhartasan 2025-26, ri bhith air an ceadachadh aig an ath-choinneimh den Bhòrd sa Chèitean.

(e) Cunntasan Riaghlaidh gu 31 Màrt 2025

Bhathar air Cunntasan Riaghlaidh gu 31 Màrt, a chaidh ullachadh le Mann Judd Gordon, a chuairteachadh ron choinneimh.

Thug buill a' Bhùird fainear do agus dh'aontaich iad na bha anns na cunntasan.

(f) Tabhartasan do na Fèisean 2025-26

Bhathar air liosta de na tabhartasan a bha air am moladh a chuairteachadh agus chaidh iarraidh air buill a' Bhùird an aontachadh los gum b' urrainn do litreachan tairgse a chur a-mach cho luath 's a ghabhadh.

Thug Art MacCormaig an aire do àrdachadh de 20% ann am maoineachadh do na Fèisean agus bha e an dòchas gum biodh e feumail an dèidh iomadach bliadhna gun àrdachadh tabhartais.

Thugadh fainear gun deach tabhartasan Fèisean na Càisge a phàigheadh marthà, agus gun rachadh tabhartasan do dh'Fhèisean eile a phàigheadh an dèidh coinneamh a' Bhùird.

Thug buill a' Bhùird fainear agus dh'aontaich iad Tabhartasan nam Fèisean 2025-26.

(g) Aontachaidhean Maoineachaidh

Tha conaltradh cunbhalach eadar Fèisean nan Gàidheal is na buidhnean a mhaoinicheas ar clàr-obrach agus bhathar air aithisg le Art MacCarmaig a chuairteachadh do bhuill a' Bhùird leis an fhiosrachadh as ùire air ìre ar n-aontaidhean leotha. Bho chaidh an aithisg a chuairteachadh chaidh maoineachadh bho Chomhairle na Gàidhealtachd is bho Bhòrd na Gàidhlig a dhaingneachadh. Tha maoineachadh bho Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid fhathast ri dhaingneachadh.

Chaidh meal a naidheachd a chur air Calum Ailig MacMhaoilein agus Abi NicIlleRuaidh airson na fhuair iad de mhaoineachadh bho Mhaoin-dualchais a' Chrannchuir Nàiseanta, agus thugadh fainear do na cothroman airson pròiseact Fuaran co-cheangailte ris a' mhaoineachadh seo.

Thug an cathraiche taing do ar com-pàirtichean maoineachaidh airson an taic leantainneach den bhuidhinn.

Thug am Bòrd fainear do na h-aontachaidhean maoineachaidh.

2.2025.04 CÙISEAN LUCHD-OBRACH

(a) Ceannard Ùr: Ùghdarras

Thugadh fainear gum bi Calum Ailig MacMhaoilein a' coileanadh dreuchd a' Cheannaird.
Bha Calum Ailig MacMhaoilein, Anne Willoughby agus Art MacCormaig air coinneachadh a bhruidhinn air an atharrachadh seo. Thugadh fainear gun robh feum aig Calum Ailig air cead is air aonta bhon Bhòrd airson na leanas:

- Thug am Bòrd cead do Chalum Ailig mar cheannard ainm a chur ri cìsean as leth Fèisean nan Gàidheal.
- Thug am Bòrd cead do Chalum Ailig ruigsinneachd bancaidh fhaighinn. Dh'aontaich iad ri geàrr-chunntasan bho Choinneamh a' Bhùird mar phàirt den àithne airson a' bhanca.
- Thug am Bòrd cead do Chalum Ailig cairt creideis Fèisean nan Gàidheal a chumail. Chaidh a thoirt fainear gun robh luach £10,000 air cairt creideis Fèisean nan Gàidheal aig Art MacCarmaig.
- Thug am Bòrd cead do Chalum Ailig clàradh mar an neach a dh'fhaodas airgead a ghluasad ann an cunntasan Flagstone. Thugadh fainear gum faod Anna Willoughby sùil a thoirt air na cunntasan.
- Thug am Bòrd cead do Chalum Ailig a bhith na neach-labhairt airson Fèisean nan Gàidheal, (ged a dh' fhaodadh e, aig amannan, a bhith na b' iomchaidh don Chathraiche no do chuideigin eile bruidhinn às leth a' Cheannaird).
- Thug am Bòrd cead do Chalum Ailig pàipearan ullachadh a thaobh obair is clàr-obrach Fèisean nan Gàidheal, agus Gàidhlig is ealain a rèir obair Fèisean nan Gàidheal. Feumar cead is sgrùdadh a' Chathraiche iarraidh aig coinneamh a' Bhùird a tha ri thighinn airson a h-uile pàipear a thèid ullachadh.

Chaidh cead a thoirt seachad leis a' Bhòrd dha gabhail air fhèin dreuchd Rùnaire companaidh

Blas Earr..

Thugadh fainear gu robh feum air dreuchd Rùnaire agus Ball a' Bhùird airson Blas Earr., companaidh a bha ga chleachdadh gus Blas a stiùireadh. Tha cunntasan na companaidh seo air an làimhseachadh leis an aon neach-cunntais ri cunntasan Fèisean nan Gàidheal. Thugadh fainear gum faodadh ball den luchd-obrach a bhith air Bòrd Blas Earr., agus chaidh co-dhùnadh gun rachadh seo a dheasbad aig an ath-Choinneamh de Bhòrd Fèisean nan Gàidheal. Chaidh ùrachaidhean pàipear nam Modhan Ionmhais aontachadh leis a' Bhòrd.

(b) Am fiosrachadh as ùire air an sgioba

Chuir Art MacCormaig meal an naidheachd air Calum Ailig MacMhaoilein is e air dreuchd a' Cheannaird fhaighinn.

Thugadh fainear gun deach dreuchd Manaidsear Leasachaidh a shanasachadh agus gun dùinear sin 23/5/2025. Thugadh fainear cuideachd gun rachadh dreuchd Abi NicIlleRuaidh mar Mhanaidsear Leasachaidh a shanasachadh a dh'aithghearr airson fòrladh màthaireil a lìonadh.

Thug buill a' Bhùird fainear don fhiosrachadh as ùire air an sgioba.

2.2025.05 CÙISEAN OBRACHAIDH

(a) Cruinneachadh 2025: Àite, Clàr is Aoighean

Chaidh beachdachadh air molaidhean is tuairmse phrìsean leis a' Bhòrd. Dh'aontaich buill a' Bhùird Cruinneachadh Bliadhnail nam Fèisean a chumail ann an Taigh-òsta Village. Thugadh fainear gum faodadh a' phrìs atharrachadh beagan a-rèir na bhiodh an làthair.

Chaidh bruidhinn air na leanas thaobh clàr-gnothaich Cruinneachadh nam Feisean 2025:

Mhol Gwen NicGuaire gun gabhadh seisean a bhith ann air Oideas aire don Òtasam/Niùro-iomadachd aig Cruinneachadh nam Fèisean 2025.

Chaidh seiseanan obrachaidh còmhla ri Tobar an Dualchais a mholadh cuideachd. Chaidh a ràdh gun gabhadh obair Fèisgoil a thoirt gu aire nam Fèisean air fad. Thogadh a' phuing air na ghabhadh dèanamh a thaobh dheugairean aig na Fèisean agus dè an còrr a ghabhadh a chur nan tairgse. Thogadh ceist cuideachd air mar a ghabhadh comataidhean fhàs.

Thug Raonaid Lincoln aire air mar a ghabhadh òigridh a thoirt an lùib obair shaor-thoileach tro Dhuais a' Chroinn.

Mhol Alasdair Paul seisean còmhla ri Comhairle nan Leabhraichean.

Mhol Ceitidh NicAonghais seisean còmhla ri Acadamaidh na h-Iomairt Sòisealta.

(b) Maoinean Tiomnaichte: Tasgadh agus Maoin nan Ealan Gàidhlig

Thug Art MacCormaig fainear gun robh còmhraidhean a' tachairt le Alba Chruthachail a thaobh na dhà sgeama maoineachaidh. Tha Alba Chruthachail a' beachdachadh air rianachd nam maoinean seo a thabhann ri tairgsean.

Seach gum bi Bòrd na Gàidhlig a' toirt airgid do Mhaoin nan Ealan Gàidhlig, cha ghabh rianachd a' mhaoin seo a thoirt bho Fhèisean nan Gàidheal gu furasta agus a thoirt do bhuidhinn eile. Tha iarrtasan MEG beò ach cha deach fosgladh ath-chuairt maoineachadh Tasgadh a dhaingneachadh fhathast.

Thugadh fainear don fhiosrachadh a thaobh nam Maoinean Tiomnaichte le buill a' Bhùird.

2.2025.06 EILE

(a) GISBE

Thug an Cathraiche taing do dh'Aonghas MacLeoìd airson obair eadar-theangachaidh agus do na h-uile a bha an làthair.

Thug an Cathraiche taing do dh'Art MacCormaig airson a chuid ùine is saothair ann an dreuchd Ceannard Fèisean nan Gàidheal agus ghuidh e gach dùrachd dha anns na bha roimhe. Ghuidh an Cathraiche gach dùrachd do Chalum Ailig MacMhaoilein ann an dreuchd Fèisean nan Gàidheal.

Mhol Muriel MacKavaney gun cuirteadh dreuchd Neach-trusaidh Maoin ris an sgioba agus thuirt igun leigeadh seo leis an sgioba a tha ann an-dràsta an aire a chumail air an clàr-obrach a thoirt gu buil. Chaidh aontachadh gun rachadh beachdachadh air an seo.

Thug Alasdair Paul seachad a thaing agus mheòraich e air suidheachadh a' mhaoineachaidh, a' toirt for gun robh e cugallach roimhe agus nas fhalainne a-nis.

(b) Coinneamh na h-Ath-Choinneimh

Chaidh ceann-latha na h-ath-choinneimh a dhaingneachadh agus aontachadh mar 26 Sultain 2025 ann an Glaschu.

Fèisean nan Gàidheal

Adhartas le Prògram-obrach Fèisean nan Gàidheal

Àireamh air a' Chlàr-chùisean: 3.2025.02(a)

Adhbhar a' Phàipeir

Airson geàrr-iomradh a thoirt do bhuill a' Bhùird air adhartas le prògram-obrach na buidhne sa chiad ràith de 2024-25 gu 30 Ògmhios 2025.

Cùl-fhiosrachadh

Tha an aithisg seo a' buntainn ris an ùine ainmichte gu h-àrd, agus tha i a' toirt sealladh air an adhartas a rinneadh mu choinneamh chomharran coileanaidh - no builean/clachan-mìle - a thathar an dùil a choileanadh mu choinneamh amasan ann am Plana Prògraim Fèisean nan Gàidheal a dh'aontaich sinn còmhla ri ar prìomh luchd-maoineachaidh - Alba Chruthachail (AC), Bòrd na Gàidhlig (BnG), Comhairle na Gàidhealtachd (CnG) agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB).

Tha sinn a' cleachdadh siostam 'DOU' – Dearg, Òmar is Uaine – agus gach ìre a' ciallachadh:

Dearg	Chan eil e a' dol air adhart, agus chan eil siùil gan cur an gnìomh fhathast airson cùisean a leasachadh - cunnart ann nach coileanar na targaidean
Òmar	Chan eilear a' coileanadh na targaide, ach tha siùil gan cur an gnìomh gus dèanamh cinnteach gun tèid a coileanadh
Uaine	A' dol air adhart mar bu chòir

Tha na dathan a' ceangalachadh builean agus raointean leasachaidh ann am Plana Prògraim Fèisean nan Gàidheal airson 2024-28.

Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan	Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail	A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca	Riaghladh is Luchd-obrach

Tha diog (√) fo AC1 – AC60 a' comharrachadh far a bheil clach-mhìle nar prògram a' cur ri àrd-amasan Freàm-obrach Ro-innleachdail Alba Chruthachail fo Càileachd is Amasachd (CA); Com-pàirteachadh (C); Co-ionnanachd, Iomadachd agus In-ghabhaltas (CII); So-sheasmhach Àrainneachail (SA); Obair Chothromach (OC) agus Eadar-nàiseanta (E).

Air.		Raon sa Phlana Prògraim	Adhartas	Clachan-mìle Ìre					
Alba Chruthachail - Clachan-mìle				CA	C	CII	SA	OC	E
AC1	Maoin chunabhalach airson gnìomhan tro Sgeama Tabhartasan nam Fèisean le gealltanas gum bi ìrean tuarastal àbhaisteach a' ghnìomhachais air a phàigheadh do dh'oidean agus gum tuarastal bith-beò air a phàigheadh do rianairean.		Chaidh tabhartasan luach £370,991 aontachadh aig coinneamh a' Chèitein den Bhòrd-stiùiridh. Tha e mar cumha mhaoineachaidh gun tèid ìrean tuarastal àbhaisteach a' ghnìomhachais a phàigheadh do dh'oidean agus gum bi tuarastal bith-beò air a phàigheadh do rianairean.	√	√	√	√	√	
AC2	Maoin leasachaidh airson taic a chumail ri atharrachadh no obair ùr-ghnathach.		Ann an R1 chaidh £1,066 a phàigheadh bhon Stòras Leasachaidh. Fhuair Fèis an Tairbeirt taic airson sreath de sheiseanan Fèis Bheag a lìbhrigeadh agus fhuair Fèis Spè	√	√	√	√	√	√

			maoineachaidh airson bùth-obrach a dhèanamh còmhla ri Fèis Thatha.	
AC3	Taic phractaigeach is ro-innleachdail tro lìonra de dh'Oifigearan Leasachaidh, le Fèisean air an roinn eatorra, a' stiùireadh seirbheasan taic leithid solair ionnsramaidean, a' togail maoin bho thùsan eile agus sgrùdaidhean dìon-chloinne.		Tha na h-Oifigearan Leasachaidh a' leantainn orra taic a chumail ri Fèisean le bhith a' cur tachartasan air dòigh, a' togail maoin, sgrùdaidhean dìon-chloinne is eile. Chaidh lèirmheas a dhèanamh air mar a tha na Fèisean air an roinn eadar na h-oifigearan 's chaidh atharraichean aontachadh a thèid a chur an sàs tràth san Fhoghar. Tha sinn air siostam ùr a tha nas èifeachdaiche airson ionnsramaidean a ghluasad eadar na Fèisean aig amannan trang. Thànaig atharrachadh as an dòigh a bha sinn a' faighinn àrachas roimhe do na Fèisean, le feum a-nis airson poileasaidhean fa-leth. Tha sin air dòigh a-nis, ged a bha feum aig grunn Fhèisean an àrachas aca fhèin a chur air dòigh ach fhuair iad an t-airgead a bha aca ri pàigheadh air ais bhuainn. Chaidh 155 sgrùdaidhean dìon chloinne a dhèanamh ann an R1, 69 dhiubh airson oidean.	√ √ √ √ √
AC4	Conaltradh cunbhalach le Fèisean ionadail tro Phrìomh Oifigearan, co-labhairt bhliadhnail co-thimeal ri foillseachadh na h-Aithisg Bhliadhnail, agus cruinneachaidhean eile.		Tha an Sgioba Leasachaidh a' conaltradh gu cunbhalach ri na Fèisean. Thèid Cruinneachadh nam Fèisean a chumail air 26/27 Sultain ann an Taigh-òsta a' Bhaile, Glaschu. Thèid Aithisg Bhliadhnail na buidhne fhoillseachadh aig an àm seo.	√ √ √ √ √
AC5	Taic le bhith a' cur ar Poileasaidh Gàidhlig an Gnìomh agus leasachaidhean a bharrachd gus cleachdadh na Gàidhling tro na Fèisean a neartachadh, le focas sònraichte air feumalachdan nan sgìrean air an dearbhadh mar Sgìrean Cànain Sònraichte		Bidh sinn a' cumail taic do Fèisean le eadar-theangachadh agus a bhith a' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh na pròglaman aca. Chuir sinn trèanadh Gàidhlig air-loidhne do dh'oidean air dòigh air thoiseach air Fèisean an t-samhraidh le 6 a' gabhail pàirt ann.	√ √ √
AC6	A' sgaoileadh naidheachdan gus inbhe agus tuigse mu ar n-obair a neartachadh		Sgaoil sinn 5 pìosan naidheachd ann an R1 aguas tha sinn a' cleachdadh sianailean meadhanan sòisealta gus fiosrachadh a sgaoileadh agus innse mu chothroman ùra.	√ √ √ √
AC7	A' toirt daoine òga an sàs ann an co-dhùnaidhean taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal agus a' brosnachadh a leithid tro na Fèisean ionadail.		Tha daoine òga an sàs leis a' Bhòrd Stiùiridh againn agus tha oileanach ag obair còmhla rinn rè na saor-làithean. Bidh sinn a' toirt barrachd dhaoine òga an sàs mar a bhios pròiseactan a leasachadh.	√ √ √
AC8	Taic maoineachaidh a bharrachd, far a bheil feum, gus dèanamh cinnteach gu bheil cothrom ann dhaibhsan aig a bheil feumalachdan sònraichte.		Tha maoin a bharrachd againn do Fèisean gus a bhith cinnteach gu bheil cothrom aig feadhainn le feumalachdan a bharrachd a bhith a' gabhail pàirt ann am pròglaman nam Fèisean.	√ √ √
AC9	Goireasan ùra de chèol is òrain Ghàidhlig ann an cruth didseatach a bharrachd air cruinneachadh agus clàradh òrain Ghàidhlig traidiseanta.		Chaidh £93,849 a ghealltainn bhon Mhaoin Dualchais (roimhe Maoin Dualchais a' Chrannchuir) gus taic a thoirt don phròiseact Fuaran thairis air dà bhliadhna, a' gabhail a-steach fastadh co-òrdanaiche pàirt-ùine.	√ √ √ √ √

			Chaidh co-òrdanaiche fhastadh tràth san Ògmhios agus bha 8 com-pàirtichean an làthair aig trèanadh ann am meadhan an Ògmhios. Tha iad uile a-nis a' dèanamh an rannsachadh aca fhèin.	
AC10	Trèanadh cunbhalach airson oidean, luchd-obrach agus buill comataidh.		Ghabh 22 oide, neach-obrach agus ball comtaidh pàirt ann an seiseanan trèanaidh rè R1.	√ √ √ √ √
AC11	Trèanadh cunbhalach sa Ghàidhlig airson oidean Fèise agus planadh cànain do chomataidhean gus cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh.		Chaidh clas Gàidhlig air-loidhne le Ingrid NicEanraig a chumail aig deireadh an Ògmhios, le 6 oidean clàraichte.	√ √ √ √
AC12	Ag obair ann an com-pàirt gus cothroman adhartais a thoirt do dhaoine òga.		Mar phàirt de sgeama greis gnìomhachais Chomhairle nan Eilean Siar, bidh Cleo NicCoinnich ag obair còmhla ruinn airson deich seachdainean eadar an Ògmhios agus An Lùnastal.	√ √ √ √
AC13	A' cleachdadh goireasan didseatach gus cuid de thrèanadh a lìbhrigeadh air-loidhne, gearradh sìos air siubhal agus cleachdadh gualan.		Chaidh an clas Gàidhlig do dh'oidean a lìbhrigeadh air-loidhne agus ghabh ball den sgioba pàirt ann an 4 seiseanan trèanaidh.	√ √ √
AC14	A' toirt sgilean didseatach, cruinneachaidh agus tàr-sgrìobhaidh do dhaoine òga a bharrachd air cothroman airson sgrìobhadh cruthachail, sgrìobhail ciùil, gnìomhachas a' chiùil agus sgilean taisbeanaidh.		Chruinnich com-pàirtichean Fuaran aig loidsichean a' Ghlinne Mhòir far an d'fhuair iad trèanadh air rannsachadh agus cruinneachadh òrain Ghàidhlig is stuthan eile, beul-aithris, ainmean-àite is eile. 'S iad Raghnaid Sandilands, Eòghan MacEunraig, Alasdair MacIlleBhàin, Eilidh NicCarmaig, Drew McNaughton agus Flòraidh Forrest (Tobar an Dualchais) a' lìbhrig na seiseannan.	√ √ √ √ √
AC15	Com-pàirt ann an oidhirpean gus cothroman obrach a bhrosnachadh sna h-ealain agus ann an obair chruthachail.		Tha 22 daoine òga an sàs le na Cèilidhean air Chuairt am bliadhna. A thuilleadh air sin bidh cothroman do leas-oidean aig Fèisean.	√ √ √ √
AC16	A' brosnachadh Fèisgoil mar sheirbheis a tha a' tabhann cothroman com-pàirteachais ann an ionnsachadh chruthachail tarsainn air pròg ram farsaing.		Ann an R1 chadh mòran phròiseactan agus sheirbheisean a lìbhrigeadh le Fèisgoil. Bha 121 seiseanan de Bhlasad Gàidhlig ann an 9 sgoiltean le 3 oidean agus 413 sgoilearan a' faighinn buannachd as a' chothrom seo. Chaidh Meanbh-Chuileag air chuairt a-rithist le 'O Mo Chlach' le dìthis chleasaiche a' dèanamh 17 taisbeanaidhean do 482 sgoilearan. Chaidh dealbh-cluiche Hùb-Hàb air Chuairt sa Chèitean, le 19 taisbeanaidhean do 275 sgoilearan. Lìbhrig Aonghas MacLeòid (Oifigear Dràma Fèisean nan Gàidheal) 21 seiseanan ann an 7 sgoiltean do 154 sgoilearan mar phàirt de sreath de bhùithtean-obrach dràma aon-latha. Ann an com-pàirteachas ris A' Chomunn Gàidhealach agus Comhairle na Gàidhealtachd chaidh 6 oidean fhastadh airson taic a chumail ri farpaisichean a' Mhòid. Gu h-iomlan, chaidh	√ √ √ √ √ √

			297 seisean a lìbhrigeadh do chòrr is 500 sgoilearan ann an 18 sgoiltean. Lìbhrig sinn 232 seiseanan do 422 sgoilearan ann an 6 sgoiltean ann an Uibhist agus Barraigh. Ann an com-pàirteachas ri Tobar an Dualchais, lìbhrig sinn 'Beairteas air Bhioran' le dithis oide le Gàidhlig a' tadhail air 6 sgoiltean anns an Eilean Sgitheanaich gus fighe is òrain a theagasg do 119 sgoilearan. Mar phàirt de chùmhnant le Bòrd na Gàidhlig, lìbhrig sinn 2 sheisean Eòlas air a' Ghàidhlig. Lìbhrig sinn seisean a bharrachd cuideachd do Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh.	
AC17	Cothroman còmhnaidh airson cur-seachadan coimhearsnachd tro mheadhan na Gàidhlig, a' gabhail a-steach 5 Latha, an Sgoil-shamhraidh Dràma agus tachartas ùr a bharrachd.		Ghabh 16 òigear pàirt ann an 5 Latha sa Ghiblean. Thèid an Sgoil Shàmhraidh Dràma a chumail san Iuchar. Thèid tachartas còmhnaidh ùr a chumail tràth sa bhliadhn' ùr.	√ √ √ √ √
AC18	Pròg ram de bhùithtean obrach agus taisbeanaidhean dràma tro mheadhan na Gàidhlig.		Faicibh A16 gu h-àrd	√ √ √ √ √
AC19	Taic do sgrìobhadh òrain Ghàidhlig ùra.		Cha robh cothrom ann gluasad air seo ann an R1.	√ √ √ √
AC20	Taic Ghàidhlig aig Fèisean gus com-pàirteachadh dhaoine òga leis a' chànan a bhrosnachadh.		Tha cuid de dh'Fhèisean a' cur air dòigh clasaichean agus cur-seachadan a bharrachd do dhaoine òga airson an Gàidhlig aca a chleachdadh agus a leasachadh ann an dòighean chruthachail. Tha seo a' gabhail a-steach clasaichean obair-bhuidhne, fuaim, filmeadh agus taghadh de chur-seachadan aig amannan-fois.	√ √ √ √
AC21	Taic do na h-ealain agus cur-seachadan Gàidhlig air an lìbhrigeadh ann an sgoiltean tro Fèisgoil, a' gabhail a-steach Meanbh-fhèisean airson eòlas air, agus com-pàirteachas ann an, cultar nan Gàidheal a bhrosnachadh.		Cha robh cothrom ann gluasad air seo ann an R1.	√ √ √ √
AC22	A' leantainn air adhart le taic do thaisbeanaidhean Fèise ionadail.		Tha cèilidhean nan oidean agus nan com-pàirtichean nan pàirt chudromach de na Fèisean. Ann an R1 bha 8 taisbeanaidhean ann.	√ √ √ √ √
AC23	Taic do na Cèilidhean air Chuairt no do thaisbeanaidhean eile stèidhichte air obair thurasachd.		Bidh sinn a' cumail taic ri 4 Cèilidhean air Chuairt agus buidheann òigridh. Gheibh iad uile trèanadh mus tèid iar air chuairt ann an R2.	√ √ √ √ √
AC24	A' cur air dòigh Fèis Bhlais gach bliadhna, no pròg ramadh dùthchail, le coimiseanan ùra.		Thèid Blas a chumail eadar 5-13 Sultain le pròg ram de mu 25 chonsartan is cèilidhean, a bharrachd air pròg ram sgoile agus coimhearsnachd.	√ √ √ √ √ √
AC25	A' brosnachadh com-pàirteachas nam Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus bliadhnaichean shònraichte a bharrachd air cothroman ionnsachaidh agus mòr-thaisbeanaidhean ann an Alba no thall thairis, le focas air far a bheil Gàidhlig ga labhairt ann an Ceap Breatainn agus Èirinn.		Chuir sinn seisean seinn air dòigh son Mìos nan Gàidheal ann an Alba Nuadh a chomharrachadh le Taigh-sgoile na Drochaide ann am Màbu. Fhuair 6 neach-òga cothrom com-pàirt a ghabhail ann an Iomlaid Èireannach le buidheann a' tadhail air sgìre Dubh nan Gall san Ògmhios.	√ √ √ √ √

AC26	A' dèanamh cinnteach gu bheil ar n-obair ri fhaotainn gu luchd-èisteachd farsaing is ioma-dhòigheach tro ghoireasan didseatach, gu h-àraidh FèisTV.		Chuir sinn sanas a-mach airson cothrom a thoirt do dh'oidean tuilleadh sreathan teagaisg Oide a chruthachadh, le dùil gum bi na leasannan seo ri fhaotainn ann an R3. Bidh sinn a' rannsachadh dòighean ùra susbaint a bharrachd a chur ri FèisTV airson aìreamhan luchd-amhairc àrdachadh.	√	√	√	√	√	√
AC27	A' lìbhrigeadh Tasgadh agus Maoin nan Ealan Gàidhlig as leth Alba Chruthachail agus Bòrd na Gàidhlig mar a cheadaicheas maoineachadh.		Fhuair sinn dearbhadh sa Chèitean gum bi Alba Chruthachail a' cur taic ri Maoin nan Ealain Gàidhlig a bharrachd air taic Bhòrd na Gàidhlig airson an sgeama seo. Bidh a' chiad chuairt a' dùnadh tràth san Iuchar. Cha robh dearbhadh ann mu mhaoineachadh Tasgadh aig deireadh R1.	√	√	√	√	√	√
AC28	Gu bheil ìrean àrda riaghlaidh an àite le coinneamhan cunbhalach den Bhòrd-stiùiridh agus pàipearan ri fhaotainn air-loidhne airson follaiseachd.		Chaidh a' chiad choinneamh den Bhòrd-stiùiridh a chumail air 23 Cèitean. Chaidh pàipearan a' Bhùird a sgaoileadh agus chaidh cuireadh a thoirt do riochdairean a bhith an làthair. Thèid tuilleadh choinneamhan a chumail san t-Sultain, An Dùbhlachd (air-loidhne) agus A' Mhàirt (air-loidhne).	√	√	√	√		
AC29	A' leasachadh, a' glèidheil agus a' cur grunn phoileasaidhean agus planaichean gus taic a chumail ri dìon, measadh agus stiùireadh cunnairt, Gàidhlig, lùghdachadh gualan, CLL agus Obair Chothromach an Toiseach.		Bidh sinn a' dèanamh Lèirmheas air ar poileasaidhean gu cunbhalach, a' dèanamh cinnteach gun tèid ùrachadh a dhèanamh orra ma bhios sin a dhìth. Chaidh clàr-chunnairtean na buidhne aontachadh aig a' choinneamh den Bhòrd-stiùiridh sa Chèitean.	√	√	√	√	√	√
AC30	A' dèanamh cinnteach gum faigh luchd-obrach measadh bliadhnail le cothrom còmhradh farsaing a chumail mu ìrean phàighidh agus cumhaidhean obrach aig an àm sin, agus amannan eile tron a' bhliadhna agus gu bheil trèanadh iomchaidh air a thabhan dhaibh gus an coilean iad an cuid comasan.		Bidh na measaidhean bhliadhnail a' gabhail àite ann an R3, far an tèid còmhradh a chumail air trèanadh, cumhaidhean obrach agus pàigheadh. A thuilleadh air seo, tha coinneamhan sgioba cunbhalach againn far a bheil cothroman trèanaidh agus Obar Chothromach an Toiseach air a' chlàr.	√	√	√		√	

Fiosrachadh Àireamheil							
Obraichean air an cruthachadh/glèidheadh ILT	15.6	Airgead prìobhaideach no poblach air a tharraing a-steach don Ghàidhealtachd	£475,108	Meudachadh san toradh ionmhasail	£43,770	Luchd Saor-thoileach an sàs	57
Tabhartasan do dh'Fèisean	£136,294	Tabhartasan Eile	£18,500	Com-pàirtichean/luchd-ionnsachaidh aig Fèisean	814	Com-pàirtichean/luchd-ionnsachaidh aig tachartasan eile	3,365
Luchd-èisteachd aig consairtean nam Fèisean	630	Luchd-èisteachd aig tachartasan eile (air loidhne)	757 (12,679)	Com-pàirtichean ann an trèanadh	58	Obair Eadar-nàiseanta	6

Builean Bhòrd na Gàidhlig			**Ìre**
Taic ann do na Fèisean airson an obair aca a leasachadh is a dhìon is barrachd aithne a thoirt air a' Ghàidhlig tromhpa			
BnG1.1.1	Taic ga chumail ri 46 Fèisean ionadail sa bhliadhna is Gàidhlig ga brosnachadh an lùib obair nam Fèisean, a rèir maoineachadh freagarrach ri fhaighinn bho Alba Chruthachail.	Faicibh AC1-5, AC11, AC15, AC22-23, AC25 gu h-àrd airson fiosrachadh mu thaic do na Fèisean	

BnG1.1.2	Adhartas bliadhna-air-bliadhna air a shealltainn air an uimhir de Ghàidhlig air a chleachdadh anns na Fèisean		Faicibh AC20 gu h-àrd Tha sgioba Fèisean nan Gàidheal a' dèanamh cinnteach gu bheilear a' cleachdadh na Gàidhlig cho mòr 's as urrainn aig Fèisean ionadail.	
BnG1.1.3	Fianais bho chom-pàirtichean anns na Fèisean gu bheil obair nam Fèisean air am brosnachadh gus Gàidhlig a chleachdadh nas trice no ga h-ionnsachadh.		Tha cruinneachadh fianais a' dol air adhart agus bidh e ri fhaotainn do Bhòrd na Gàidhlig tro aithris shònraichte fa leth.	
Misneachd air a togail ann an coimhearsnachdan Gàidhlig le tuilleadh chothroman gan toirt seachad airson Gàidhlig a chleachdadh ann an suidheachaidhean sòisealta				
BnG1.2.1	30 tachartas air an cumail le Fèisean ionadail sa bhliadhna a tha a' cur na Gàidhlig air adhart.		Faicibh AC22 gu h-àrd. Suas gu deireadh R1, chùm 7 Fèisean na prìomh thachartasan aca, le mòran eile dhiubh a' tabhann chlasaichean seachdaineach agus bùithtean-obrach. Tha clasaichean seinn is dràma sa Ghàidhlig nam pàirt chudromach de na tha na Fèisean a' cur air dòigh do chom-pàirtichean. Chaidh Fèis Ghàidhlig Ghlaschu, a chaidh a chumail aig àm na Càisge, a lìbhrigeadh gu tur tro mheadhan na Gàidhlig. Cumaidh a' mhòr-chuid de dh'Fhèisean co-dhiù aon tachartas poblach rè na fèise aca, agus bidh Gàidhlig ri chluinntinn tro na taisbeanaidhean seo.	
BnG1.2.2	Àrdachadh bliadhna-air-bliadhna anns an àireimh de dhaoine a tha a' frithealadh thachartasan gan cumail le Fèisean.		Thèid againn air cunntas nas mionaidiche a thoirt air a seo aon uair 's gum faigh sinn fiosrachadh air ais bho na Fèisean tràth ann 2026.	
BnG1.2.3	Fianais bho luchd-frithealaidh tachartasan nam Fèisean gu bheil iad nas misneachaile a thaobh na Gàidhlig agus a' gabhail chothroman a cleachdadh.		Tha cruinneachadh fianais a' dol air adhart agus bidh e ri fhaotainn do Bhòrd na Gàidhlig tro aithris shònraichte fa leth.	
BnG1.3.1	Local Fèisean and/or Fèisean committees must pay the Real Living Wage if they receive grant funding from Fèisean nan Gàidheal		Faicibh AC1 gu h-àrd. 'S e cumha maoineachaidh do na Fèisean a tha seo.	
A' toirt seachad trèanadh do dh'oidean nam Fèisean gus a bheil iad nas comasaiche is gu bheil na Fèisean a' toirt seachad ìre àrd de thrèanadh				
BnG2.1.1	Pròg ram trèanaidh bliadhnail air a lìbhrigeadh, a' gabhail asteach trèanadh Gàidhlig, le co-dhiù 12 seisean air an lìbhrigeadh.		Faicibh AC10-AC11 gu h-àrd.	
BnG2.1.2	Àrdachadh bliadhna-air-bliadhna anns an àireimh de dh'oidean a th' air taic trèanadh Gàidhlig fhaighinn.		Bidh e comasach dhuinn fiosrachadh nas mionaidiche a thoirt air a seo ann an R4.	
BnG2.1.3	Fianais bho chom-pàirtichean san trèanadh Ghàidhlig gu bheil e air piseach a thoirt air na sgilean cànain aca		Tha cruinneachadh fianais a' dol air adhart agus bidh e ri fhaotainn do Bhòrd na Gàidhlig tro aithris shònraichte fa leth.	
Cothroman gan toirt do dh'òigridh airson sgilean cainnt is misneachd sa Ghàidhlig a bhrosnachadh tro thachartasan-còmhnaidh is eadar-ghinealaich				
BnG2.2.1	Tachartasan Sgoil-samhraidh Dràma is 5 Latha air an cumail le àrdachadh air àireamhan com-pàirt bliadhna-air-bliadhna, ma bhios a leithid comasach anns na h- àitichean far am bi na tachartasan a' dol air adhart.		Faicibh AC17 gu h-àrd. Chaidh 5 Latha air leth soirbheachail a chumail sa Ghiblean 2025 le 16 com-pàirtichean an sàs.	
BnG2.2.2	Tachartas còmhnaidh ùr air a chur air dòigh ann an 2025/26 airson clann a thoirt còmhla gus Gàidhlig a chleachdadh		Thèid an tachartas seo a chumail tràth ann an 2026.	

BnG2.2.3	Sgeama Beairteas air a ruith is àrdachadh air àireamhan compàirt bliadhna-air-bliadhna		Faicibh AC16 gu h-àrd. Ann an com-pàirteachas ri Tobar an Dualchais, chaidh 'Beairteas air Bhioran' a lìbhrigeadg do 119 sgoilearan ann an 6 sgoiltean san Eilean Sgitheanach.	
BnG2.2.4	Fianais bho chom-pàirtichean ann an tachartasan còmhnaidh agus Beairteas gu bheil iad seo air cur ris na sgilean cainnt aca is am misneachd gus Gàidhlig a chleachdadh.		Tha cruinneachadh fianais a' dol air adhart agus bidh e ri fhaotainn do Bhòrd na Gàidhlig tro aithris shònraichte fa leth.	
Goireasan ciùil is teagaisg gan cur air-loidhne gus a bheil iad nas ruigsinniche is cothrom aig barrachd dhaoine feum a dhèanamh orra				
BnG2.3.1	Pròram de chruinneachadh is didseatachadh òrain Ghàidhlig air a ruith is clàraidhean ri fhaighinn dhan phobaill, ma tha maoineachadh ri fhaighinn bho thùs eile.		Faicibh AC9 agus AC14 gu h-àrd.	
BnG2.3.2	Sanasachd agus obair sgaoilidh ga dhèanamh airson na h-òrain a thoirt do dh'àireamhan nas motha de luchd-èisteachd.		Chaidh cruinneachaidhean Fuaran a bh' ann roimhe a chur air adhart gu farsaing air na meadhanan sòisealta agus bha na clàraidhean air an toirt cuideachd do BhBC Radio nan Gàidheal a bhios gan cluich gu cunbhalach. Cumaidh sinn oirnn a' sgaoileadh nan òran sin agus na h-òrain air an clàradh às ùr aig a h-uile cothrom.	
BnG2.3.4	Fianais bho chom-pàirtichean gu bheil Fuaran, is pròiseactan eile, a' cur ris an eòlas a th' aca air òrain Ghàidhlig agus am misneachadh a' Ghàidhlig a chleachdadh nas trice.		Thèid seo a rannsachadh mar a bhios am pròiseact a' dol air adhart.	
BnG2.4.1	Gu bheil ceanglaichean gan togail le Tobar an Dualchais, agus daoine is buidhnean iomchaidh eile san raon seo, tro phròiseact cruinneachaidh is didseatachaidh òrain Ghàidhlig.		Dh'obraich sinn còmhla ri Tobar an Dualchais air a' phròiseact 'Beairteas air Bhioran' agus thug an stiùiriche aca, Flòraidh Forrest, bùth-obrach seachad aig tachartas-trèanaidh a chuir sinn air dòigh do chom-pàirtichean Fuaran.	
Luchd-ionnsachaidh is daoine gun Ghàidhlig air am brosnachadh gus Gàidhlig a chleachdadh is ionnsachadh tro Fhèisgoil				
BnG3.1.1	Pròram Fèisgoil air a lìbhrigeadh le 100 seisean/bùiththeanobrach dràma, 150 seisean Blasad Gàidhlig (no barrachd ma tha maoineachadh ri fhaighinn bho thùsan eile) agus 20 seisean tràth-bhliadhnaichean (Hùb-Hab no eile)		Faicibh AC16 gu h-àrd. Chaidh 19 seisean Hùb-Hàb a lìbhrigeadh le Mirred Ward sa Chèitean, do 275 duine-cloinne sna tràth-bhliadhnaichean. Lìbhrig sinn 57 seisean dràma agus 121 seisean de Bhlasad Gàidhlig ann an R1.	
BnG3.1.2	Àrdachadh bliadhna-air-bliadhna anns an àireimh de sgoilearan a tha air buannachd fhaighinn bho phròiseactan Fèisgoil.		Bidh e comasach dhuinn fiosrachadh nas mionaidiche a thoirt air a seo ann an R4.	
BnG3.1.3	Fianais gu bheil tachartasan Fèisgoil a' cur ris an ùidh am measg sgoilearan, agus an tidsearan, gus Gàidhlig a chleachdadh no ionnsachadh.		Tha cruinneachadh fianais a' dol air adhart agus bidh e ri fhaotainn do Bhòrd na Gàidhlig tro aithris shònraichte fa leth.	

Cothroman a bharrachd ri fhaighinn do luchd-ealain le Gàidhlig a bhith a' faighinn cosnadh is a' leudachadh nan sgilean aca				
BnG3.2.1	Oidean Gàidhlig a' faighinn chothroman seiseanan Fèisgoil a lìbhrigeadh is faighinn buannachd bho thrèanadh is cothroman leasachadh proifeasanta eile.		Faicibh AC16 gu h-àrd Bidh grunn chothroman ann do dh'oidean sa bhliadhna sgoile ùr 's thèid trèanadh iomchaidh a chur air dòigh dhaibh mar phàirt den obair seo.	
BnG3.2.2	Ma bhios meudachadh san obair seo, àrdachadh bliadhna-airbliadhna air anàireamh de dh'oidean le Gàidhlig an sàs ann a bhith a' lìbhrigeadh sheiseanan às leth Feisgoil.		Bidh e comasach dhuinn fiosrachadh nas mionaidiche a thoirt air a seo ann an R4.	
BnG3.2.3	Fianais bho oidean Fèisgoil gu bheil an obair air a bhith na tlachd dhaibh is iad air cothroman a bharrachd fhaighinn gus a' Ghàidhlig a chleachdadh.		Tha cruinneachadh fianais a' dol air adhart agus bidh e ri fhaotainn do Bhòrd na Gàidhlig tro aithris shònraichte fa leth.	
Cothroman a bharrachd ann do luchd-ealain a bhith a' cur phròiseactan air dòigh is luchd-èisteachd a ruigsinn gus Gàidhlig a chur air adhart				
BnG4.1.1	Sgeama Maoin nan Ealan Gàidhlig air a ruith dà thuras sa bhliadhna ann an co-bhonn le Alba Chruthachail mar chothrom fosgailte do bhuidhnean is daoine cur a-steach airson maoineachadh, le co-dhiù £45,000 air a thabhann bhon Tabhartas		Faicibh AC27 gu h-àrd.	
BnG4.1.2	A rèir nam pròiseactan a gheibh taic, ag amas air adhartas bliadhna-air-bliadhna anns an àireimh dhaoine/luchd-èisteachd a bhios a' faighinn buannachd bho phròiseactan Maoin nan Ealan Gàidhlig		Tha iarrtas airson Maoin nan Ealan Gàidhlig a' fàs gach bliadhna agus tha sinn an dùil, mar sin, gun tig àrdachadh air na tha a' buannachadh tro na pròiseactan a tha a' faighinn maoineachadh	
BnG4.1.3	Fios air ais bho phròiseactan Maoin nan Ealan Gàidhlig a' sealltainn gu bheil iad air daoine a bhrosnachadh a thaobh cleachdadh na Gàidhlig no a' Ghàidhlig a chur air beulaibh an t-sluaigh.		Tha seo follaiseach anns an stiùireadh le prìomhachas ga thoirt do dh'obair air a lìbhrigeadh sa Ghàidhlig agus, mar sin, tha sinn an dùil gun urrainn dhuinn seo a dhearbhadh.	
A' neartachadh turasachd chultarach Ghàidhlig is meas a' phobaill air na h-ealainean traidiseanta tro thachartasan fìrinneach tron Fhèis Blas				
BnG4.2.1	Fèis Blas air a cumail ann an cobhonn ri Comhairle na Gàidhealtachd is buidhnean com-pàirt eile le co-dhiù 25 tachartasan.		Faicibh AC24 gu h-àrd.	
BnG4.2.2	Fàs bliadhna-air-bliadhna anns an àireimh luchd-ealain is luchdèisteachd a tha an sàs no a' frithealadh tachartasan Fèis Blas, a rèir na h-àireimh de thachartasan agus cho fad 's a chumas taicairgid suas ris na cosgaisean a bhios na lùib.		Bidh sinn ag amas air seo a choileanadh agus bidh e comasach dhuinn tuilleadh fiosrachaidh a thoirt seachad aig deireadh R3.	
BnG4.2.3	Ìre àrd de riarachas air a sealltainn bho luchd-èisteachd tachartasan Fèis Blas a thaobh tlachd bho na tachartasan is cleachdadh na Gàidhlig aig an fhèis.		Bithear a' cruinneachadh fianais tro mheasadh air-loidhne às dèidh na Fèise agus tha sinn an dòchas na h-ìrean àrda a chaidh a choileanadh roimhe a chumail a' dol.	
Ag obair gu h-eadar-nàiseanta airson aithne a thoirt air cultar na Gàidhlig is ceanglaichean a thogail le luchd-labhairt na Gàidhlig air feadh an t-saoghail				
BnG4.3.1	A' sruthadh 5 tachartasan beò tro FèisTV (barrachd ma bhios maoin ga ceadachadh) is cur ri clàraidhean de thachartasan a tha ri fhaighinn air-loidhne uair sam bith.		Faicibh AC26 gu h-àrd.	

BnG4.3.2	Àrdachadh bliadhna-air-bliadhna ann an àireamhan luchdamhairc eadar-nàiseanta FèisTV air no a tha an sàs ann am pròiseactan eile aig Fèisean nan Gàidheal.		Tha sinn a' beachdadh an-dràsta air mar a ghabhadh susbaint a chrutheachadh airson FèisTV gus fàs a thoirt air àireamhan luchd-amhairc aig ìre nàiseanta agus eadar-nàiseanta. Bidh e comasach dhuinn fiosrachadh nas mionaidiche a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig tro aithris shònraichte fa leth aig deireadh R4.	
BnG4.3.3	Fianais bho luchd-amhairc eadar-nàiseanta FèisTV no compàirtichean ann am pròiseactan le dàimh eadar-nàiseanta gu bheil iad air barrachd tuigse a thogail air a' Ghàidhlig		Nithear cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig aig cridhe susbaint FèisTV agus sgaoilidh sinn fios mun chànan aig gach cothrom. Bidh cruinneachadh fianais a' dol air adhart agus bidh e ri fhaotainn do Bhòrd na Gàidhlig tro aithris shònraichte fa leth aig deireadh R4.	
BnG4.4.1	Gu bheil riochdaire bho Bhòrd na Gàidhlig air pannal-measaidh iarrtasan Maoin nan Ealan Gàidhlig.		Tha Steven Kellow air a' phanail.	
Gu bheil Fèisean nan Gàidheal a' cumail ri deagh mhodhan riaghlaidh				
BnG5.1.1	Gu bheil Fèisean nan Gàidheal a' foillseachadh aithisg bhliadhnail is cunntasan bliadhnail.		Faicibh AC4 gu h-àrd	
BnG5.1.2	Gu bheil tilleachdan air a chur a-steach do OSCR is Taigh nan Companaidhean ann an deagh àm mar a tha a dhìth.		Tha seo àbhaisteach do Fèisean nan Gàidheal.	
BnG5.1.3	Gu bheil coinneamhan cunbhalach ann de bhòrd na buidhne.		Faicibh AC28 gu h-àrd	
BnG5.1.4	Gu bheil poileasaidhean corporra iomchaidh aig a' bhuidhinn agus gu bheilear gan ath-ùrachadh bho àm gu àm.		Faicibh AC29 gu h-àrd. Tha seo mar phàirt den obair leantainneach aig Bòrd-stiùirdidh Fèisean nan Gàidheal, le taic bho luchd-obrach.	
BnG5.1.5	Gu bheil lèirmheas air plana gnìomhachais na buidhne mar a tha a dhìth is eagrannan ùr sam bith air a thoirt seachad do Bhòrd na Gàidhlig		Chaidh am plana prògraim againn aontachadh ann an 2024. Bidh sinn a' dèanamh lèirmheas cunbhalach air a' phlana seo, agus thèid ùrachaidhean sam bith a chur air adhart do luchd-maoineachaidh Fèisean nan Gàidheal.	
Gu bheil luchd-obrach Fhèisean nan Gàidheal a' faighinn taic iomchaidh				
BnG5.2.1	Gu bheil an tuarastal bith-beò fìor ga phàigheadh do luchd-obrach, luchd-ealain, oidean, cunnradairean no daoine eile a tha ag obair às leth na buidhne, a rèir poileasaidh Obair Chothromach Riaghaltas na h-Alba.		Faicibh AC1 agus BnG1.3.1 gu h-àrd Tha Fèisean nan Gàidheal air aithneachadh mar fhastaiche an tuarastal bith-beò agus tha pàigheadh a rèir aontaidhean nan ùghdarrasan ionadail airson luchd-obrach agus ìrean àbhaisteach gnìomhachais airson luchd-ealain.	
BnG5.2.2	Gu bheil seanailean taice agus conaltraidh gan toirt seachad do luchd-obrach fa leth, a rèir poileasaidh Obair Chothromach Riaghaltas na h-Alba		Tha aithris mun dòigh-obrach againn a thaobh Obair Chothromach an Toiseach ri fhaighinn ann an earrann nam poileasaidhean air an làrach-lìn againn. Tha Obair Chothromach an Toiseach na chuspair air clàr gnothaich choinneamhan sgioba, a' tabhann cothrom conaltraidh agus tha cothrom eile ann tro mheasaidhean. Tha luchd-obrach gu ruige seo air cur an aghaidh riochdachadh coitcheann ach thathar gam brosnachadh gus beachdachadh air an roghainn seo.	
Gu bheil Fèisean nan Gàidheal ann an suidheachadh seasmhach a thaobh ionmhas				

BnG5.3.1	Gu bheil bòrd-stiùiridh Fhèisean nan Gàidheal a' cumail sùil air ìre stòrasan gun chuing is am poileasaidh stòrasan aige a rèir feumalachdan na buidhne.		Tha seo mar phàirt den obair leantainneach aig Bòrd-stiùirdidh Fèisean nan Gàidheal, le taic bho luchd-obrach. Tha Fèisean nan Gàidheal air stòras reusanta a ghlèidheadh airson grunn bhliadhnaichean a-nis air a thasgadh tro làrach-lìn Charities Aid Foundation air a ruith le Flagstone, gus meudachadh a thoirt air an riadh a thèid a chosnadh.	
BnG5.3.2	Gu bheil deagh dhàimhean gan cumail le ùghdarrasan ionadail agus Alba Chruthachail.		Faicibh AC43 gu h-àrd. Tha sinn air grunnd choinneamhan a chumail le oifigearan bho Chomhairle na Gàidhealtachd, Comhairle Earra-Ghàidheal is Bòid agus Alba Chruthachail ann an R1. Cumaidh sinn na ceangalan làidir seo agus ni sinn oidhirp seo a dhèanamh le tuilleadh Ùghdarrasan Ionadail agus buidhnean eile anns na mìosan ri teachd.	
BnG5.4.1	Gu bheil fios ga thoirt do Bhòrd na Gàidhlig cho luath 's a tha atharrachadh ann am ballrachd bhòrd-stiùiridh no luchd-obrach na buidhne.		Tha ballrachd a' Bhùird ri fhaicinn aig feisean.org/fiosrachadh/bord-stiuiridh-feisean-nan-gaidheal/. Chaidh innse do Bhòrd na Gàidhlig mun cheannard ùr aig ìre thràth. Bithear a' sanasachd dreuchdan bàna luchd-obrach agus bidh Bòrd na Gàidhlig mothachail orra sin tro tagaichean anns na meadhanan sòisealta agus tro aithisgean don Bhòrd-stiùiridh.	
BnG5.4.2	Gu bheil geàrr-chunntasan coinneamhan bòrd-stiùiridh na buidhne gan deasachadh agus gan cur gu Bòrd na Gàidhlig an dèidh dhaibh a bhith air an aontachadh.		Bidh pàipearan a' Bhùird-stiùiridh gu lèir gan cur gu Bòrd na Gàidhlig gu cunbhalach le geàrr-chunntasan choinneamhan nam measg. Tha ball de sgioba Bhòrd na Gàidhlig air a bhith an làthair aig grunn choinneamhan a' Bhùird agus tha fàilte mhòr air luchd-amhairc.	
BnG5.4.3	Gu bheil a' bhuidheann a' cumail clàr-chunnartan, air a bheilear a' dèanamh lèirmheas le bòrd-stiùiridh na buidhne co-dhiù aon turas gach bliadhna		Faicibh AC29 gu h-àrd.	
Gu bheil barrachd daoine mothachail is eòlach air obair Fhèisean nan Gàidheal				
BnG6.1.1	Gu bheil àireamh luchd-leantainn air na meadhanan sòisealta a' fàs bliadhna-air- bliadhna.		Tha sinn a' faicinn fàs ann an àireamh luchd-leantainn airson Facebook agus Instagram 's thèid aithris slàn a thoirt seachad do Bhòrd na Gàidhlig tro aithris shònraichte fa leth aig deireadh R4.	
BnG6.1.2	Co-dhiù 6 sanasan-naidheachd agus/no cuairt-litrichean gam foillseachadh is gan sgaoileadh gach bliadhna air obair na buidhne.		Chaidh co-dhiù 5 brathan naidheachd fhoillseachadh ann an R1 ag aithneachadh taic Bòrd na Gàidhlig.	
Gu bheil buidhnean Gàidhlig ag obair nas dlùithe còmhla				
BnG6.2.1	Gu bheil conaltradh cunbhalach ann eadar oifigearan leasachaidh Fhèisean nan Gàidheal is oifigearan Iomairt Chomunn na Gàidhlig anns an sgìre aca.		Bidh conaltradh cunbhalach a' dol air adhart ann an coimhearsnachdan eadar-dhealaichte eadar ar n-oifigearan, na Fèisean agus oifigearan nan Iomairtean le co-obrachadh glè mhath aig na Fèisean agus tachartasan eile.	

			Tha oifigearan Fèisean nan Gàidheal an sàs anns na còmhraidhean le Comunn na Gàidhlig mu Ro-innleachd Òigridh na Gàidhlig agus bidh sinn a' cumail taic ris an obair seo mar a bhios i a leasachadh.	
BnG6.2.2	Gu bheil co-obrachadh air a bhrosnachadh eadar Fèisean ionadail is Mòdan ionadail fo stiùir a' Chomuinn Ghàidhealaich.		Tha dàimh fìor mhath againn ris a' Chomunn Ghàidhealach agus bidh sinn a' brosnachadh obair càch a chèile gu tric. Bidh sinn ag obair còmhla ris A' Chomunn Ghàidhealach air Acadamaidh a' Mhòid, (Faicibh AC16 gu h-àrd) agus tha fios againn bho rannsachadh air a' bhuaidh a bhios aig na Fèisean air comasan ciùil òigridh a tha a' gabhail pàirt ann am mòdan	
BnG6.3.1	Gu bheil Fèisean nan Gàidheal a' cumail ri Stiùireadh Aithneachaidh Bhòrd na Gàidhlig, mar a tha air ùrachadh bho àm gu àm.		'S i obair leantainneach, làitheil a tha seo agus thathar ag aithneachadh taic Bhòrd na Gàidhlig aig a h-uile cothrom iomchaidh.	
Builean Comhairle na Gàidhealtachd				
HC1	A' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis aig deireadh R1.		Chan urrainnear aithris air adhartas gu mionaideach gun aonta againn	
Builean Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid				
ABC1	A' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis aig deireadh R1.		Chan urrainnear aithris air adhartas gu mionaideach gun aonta againn. Tha a h-uile dùil gum bi taic leantainneach ann, aig an aon ìre ach thathar a' feitheamh air cùmhnant.	

Gnìomh a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill:

1. Còmhradh a thogail mu chuspair sam bith a bhios a’ togail ceann agus
2. Fa-near a thoirt don adhartas leis a’ phrògram obrach.

Calum A Macmhaoilein
Ceannard
An t-Sultain 2025

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-aithisgean Luchd-obrach
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2025.02(b)

Ainm	**Calum A Macmhaoilein**
Dreuchd	**Ceannard**

Obair com-pàirteachaidh bhon choinneamh mu dheireadh den Bhòrd

29.03.25 Coinneamh mu shuidheachadh na Gàidhlig ann an Dùthaich MhicAoidh.
02.06.25 Coinneamh farsaing Amplify
04.06.25 Buidheann pròGramaidh Blas
09.06.25 Lathaireachd aig co-labhairt Ceangal ann an Obar Dheathain
13.06.25 Coinneamh buidheann-obrach Amplify
24.06.25 Coinneamh farsaing Amplify
30.06.25 Coinneamh buidheann-obrach Amplify
30.06.25 Coinneamh den Sgioba
01.07.25 Buidheann pròGramaidh Blas
09.07.25 Coinneamh le Catriona Hawksworth (Alba Chruthachail)
24.07.25 Coinneamh le Maite de Jesus mu thachartas sa Pharlamaid Eòrpach san t-Sultain
25.07.25 Tadhal air Fèis Eilean an Fhraoich
29.07.25 Tadhal air Fèis an Rubha
30.07.25 Agallamh leis an Sunday Post
06.08.25 Coinneamh le Siobhan NicAnndreais (Alba Chruthachail)
08.08.25 Maoin nan Ealain Gàidhlig
19.08.25 Coinneamh den Bhuidheann-obrach Ealain Traidiseanta
19.08.25 Coinneamh le Emma Roddick MSP
20.08.25 Coinneamh le Evelyn Coull agus Ashley NicDhòmhnaill (CnES)
20.08.25 Buidheann pròGramaidh Blas
21.08.25 Coinneamh le Morag Anna MacLeod Mitchell (CnG)
22.08.25 Coinneamh le Community Enterprise/Breeze Digital mu Dùbhlan CivTech
25.08.25 Coinneamh le Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid
26.08.25 Coinneamh le Steve Byrne (TRACS)
27.08.25 Maoin nan Ealain Gàidhlig
28.08.25 Coinneamh le Katie NicCoinnich mu shanasachd Blas
03.09.25 Comhairle Earra-Ghàidheal is Bòid
05.09.25 Agallamhan radio is eile airson Blas
05.09.25 Àrd Rois (Blas)
09.09.25 Coinneamh buidheann-obrach Amplify
09.09.25 Ulapul (Blas)
10.09.25 Amplify – coinneamh le ceannardan
10.09.25 Tomatin (Blas)
12.09.25 Goillspidh (Blas)
13.09.25 Eden Court (Blas)
15.09.25 Coinneamh mu Ro-innleachd Òigridh
17.09.25 Coinneamh mu sgaoileadh naideachdan Amplify
24.09.25 Co-labhairt mion-chànan sa Bhruiseal
26.09.25 Coinneamh de Bhòrd-stiùiridh FnG, coinneamh Bhliadhnail agus cruinneachadh nam Fèisean

Ainm	**Anna Willoughby**
Dreuchd	**Manaidsear Gnìomha**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Seo an obair a tha mi air a bhi ris bhon a thoisich sin ag obair bhon taigh agus an oifis.

- Cuiridh sin mach litrichean agus phàigheadh sin airgead a-mach airson Fèisean, Clasaichean & Uairean Rianachd tron Sgeama Thabhartasan 2025-26 às dèidh aonta. Chaidh £205,206 a-mach gu Fèisean ach tha £387,523 air a tairgse uile gu lèir às dèidh aonta bhon na Buill.
- Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach air Foirm Iarrtas 1 mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh ag obair còmhla ri Maria feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile. Mar a bheil chan fhaigh iad airgead. Tha sgioba leasachaidh a' coimhead às dèidh seo.
- Tha maoineachadh a bharrachd a phàigheadh airson luchd-cùraim agus/no tuilleadh oidean nuair a tha sin a dhìth gus dèanamh cinnteach gum faigh daoine òga le feumalachdan taice barrachd cothrom air teagasg is tachartasan. Fhuair Fèis Dhùn Èideann & Fèis Spè taic am bliadhna.
- Tha mi cuir air dòigh cùisean airson a' Cruinneachadh 2025 air 26/27 Sultain, ann an Glaschu am bliadhna.
- Tha sinn air a bhi cur a-mach leabhraichean Ceòl nam Fèis gu Fèisean. Tha Cèol nam Fèis 1 & 2 ann an cruth didseatach. Chaidh faidhlichean fuaim a chur ris an leabhair le fuinn, òrain, faclan agus tiotalan ann an Gàidhlig agus ann am Beurla.
- Phàigh mi mach fàirdealan airson Cèilidhean air Chuairt 2025. Chaidh airgead na bliadhna seo a-mach gu Fèis Lochabair, Fèis Latharna, Fèis Phàislig, Fèis Air an Oir & Fèis Spè.
- Tha Maria, Abi & Nicola a' coimhead às deidh ionnsramaidean chùil a-nis agus chaidh caradh a'dhèanamh air ionnsramaidean a'mìos seo. Coimhead sin thairis air a h-uile ionnsramad a bha anns an oifis ann am Port Rìgh an uiridh. Tha John Masson a'caradh ionnsramaidean a-nis dhuinn. Tha feadhainn a-mach air màl cuideachd.
- Chuir sin àrachas air dòigh airson FNG anns An Gearran ach tha sin a'strì a thaobh buidhnean corpaichte agus chaidh àrachas a chur air dòigh airson Blas anns an t-Sultain. Chaidh àrachas a chur air dòigh airson luchd-obrach uile agus chaidh seo ùrachadh a-rithist air 04 Gearran 2025.
- 'S àbhaist fàirdealan airson ballrachd 24/25 a dhol a-mach às dèidh na Coinneamh Bhliadhnail. Chaidh iad a-mach airson an uiridh agus tha mhòr chuid air am pàigheadh a-nis.
- Tha mi toirt taic dhan na luchd-obrach agus na Fèisean bho latha gu latha le iomadach ceist.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

- Fhuair luchd-eagrachaidh nam Fèisean cothrom air trèanadh Ciad Cobhair thairis air na mìosan a' dh'fhalbh. Chaidh beagan trèanadh Gramair Gàidhlig airson luchd-obrach air adhart. Chaidh Trèanadh Gàidhlig le Ingrid air adhart anns an Òg-Mhìos 2025. Bha 8 ag gabhail pàirt ann an trèanadh aig Fèis Alba agus 11 an làthair aig Fuaran.
- Tha foirm-sgrùdaidh airson co-ionannachd air surveymonkey airson Fèisean, Luchd-obrach agus Buill a' Bhuird airson gum bi fiosrachadh staitistigeil cudromach againn. Tha luchd-obrach a' dèanamh cùrsa air loidhne cuideachd.
- Tha sinn a' cuideachadh Fèisean a' cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh. Chur mi poileasaidh ùr air dòigh airson Àite Dìonta agus chaidh stiùireadh a chur air dòigh airson poileasaidhean àrainneachd ùrachadh. Tha mi air Plana Freagarrachaidh a chur ri chèile airson gnath-shìde.
- Chaid Sgoil Shàmhradh Dràma air adhart anns an Iuchar am bliadhna.
- Tha CA a'coimhead às dèidh Tasgadh agus MEG an-dràsta.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Tha fàirdealan uile pàighte. Bhithinn a' pàigheadh fhàirdealan airson Coig Latha, Fuaran, Sgoil Shàmhradh Dràma, Hùb-Hab, Meanbh Chuileag, Meanbh-fhèis, Blàsad Gàidhlig, Mòd Acadamaidh, Fèisgoil, Panto, Trèanadh Gàidhlig, Feis TV , Iomairt Chùil Òigridh agus Fèis Bhlas mar is trice. Tha Maria pàirt-ùine ach a' toirt taic dhomh le seo cuideachd.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

Chaidh Fèis Bhlas air adhart air 5-13 an t-Sultain 2025. Tha uallach orm airson smachd a chumail air an airgead agus siostaman ionmhais air fad aig Blas. Bha mi ann an Dùn Bheagain agus ann an Stafainn. Tha 5 Chèilidhean air Chuairt a' ruith ann an 2025-26 agus tha mi air airgead a phàigheadh a-mach gu a'mhòr-chuid dhaibh. Chaidh trèanadh air adhart gu h-ionadail.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

- Tha mi coimhead às deidh oifis Port Rìgh bho latha gu latha. Bha mi staigh co-dhiù dà latha san t-sheachdain ged a tha sin fhathast ag obair bhon taigh cuideachd. Tha mi coimhead às deidh an Rianaire/Stiùir Dìon Chloinne. Tha sinn uile a conaltradh air Teams gu cunbhalach agus coinneamhan far a feum mi a bhith làthair.
- Tha mi coimhead às deidh gnothaichean ionmhais agus tuarastail an luchd-obrach.
- Tha mi coimhead às deidh aithisgean ionmhais.
- Tha mi coimhead às deidh ghoireasan daoine, cùmhnantan agus trèanadh. Chur mi air dòigh agallamhan, dealbhan-obrach am bliadhna agus cùmhnantan ùr. Thoisich Calum Ailig Mac a'mhaoilein mar Cheannard ùr. Bha sinn a'sanasachd airson Manaidsear Leasachaidh agus bha Calum Friseil soirbheachail. Thoisich Mirren Ward mar Oifigear Pròiseactan.
- Tha mi a' cur a h-uile rud air dòigh airson cunntasan bliadhnail agus raitheil. Bidh mi a cuir seachad ùine còmhla ri Seumas MacIver bho Mann Judd Gordon a bha dèanamh obair sgrùdaidh am-bliadhna air-loidhne. Tha sinn air crìoch a chur air cunntasan ràitheil suas gu 30 an t-Òg-mhìos 2025.
- Cur Maria air dòigh geàrr-chunntas na coinneamh mu dhèireadh den Bhòrd le taic chuir mi eader-theangachadh air dòigh. Chuir mi air dòigh na h-aithisgean ionmhais airson na coinneimh seo.
- Thòisich sinn a' clàradh sgaoilidhean gualan bhon luchd-obrach is Buill a' Bhùird beagan bhliadhnaichean air ais agus tha Plana Lùghdachadh Gualain air ùrachadh airson na bliadhna seo agus aithisg dèante. Fhuair Plana Freagarrachaidh airson na gnàth-shìde aonta aig a'Coinneamh mo dheireadh agus tha e air an larch-lìn. Rinn mi dà seisean trèanaidh airson seo.
- Chaidh clàr chunnartan ùrachadh airson na bliadhna ionmhais anns a' Chèitean 2025.

Ainm	Eilidh NicCoinnich
Dreuchd	Manaidsear Fèisgoil

Bidh fiosrachadh mu na pròiseactan Fèisgoil air fad ri fhaotainn ann an aithisgean EC agus AM

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Là taic/trèanaidh do dh'oidean ICO 14.08.25 le Ingrid NicEanraig,Lisa Dhòmhnallach & EMB

Luchd lìbhrigidh	Seiseanan	Còm-pàirtichean
3	4	28

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

DRÀMA

Meanbh-chuileag 2024/25: *Cà Deach a' chlach Earrann 2*: 18.06-02.07.25.

Luchd lìbhrigidh	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
2	16	16	485

Meanbh-chuileag 2025/26: *Dileab Iain 's Maireid* – air thuras – àireamhan san ath athisg.

Sporan 2025/26

Luchd lìbhrigidh	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
1	8	12	241

SSD2025 (trì seiseanan gach là, thairis air 5 laithean)

Luchd lìbhrigidh	Seiseanan	Còm-pàirtichean
4	15	14

CÀNAN

Blasad Gàidhlig: Gàidhlig mar cànan a bharrachd

Cùisean air a bhith car doirbh le Blasad Gàidhlig le gèarraidhean maoineachaidh ach a bharrachd air maoineachadh Riaghaltas na h-Alba aig £30K fhuair sinn cùmhnantan fa-leth le Comhairle na h-Eaglaise Brice (gach clas, 2 sgoil) agus Comhairle na Gàidhealtachd (C5-7, 18 bun-sgoiltean aig tuath)

Beairteas air Bhioran!

Beairteas ann am Barraigh agus Uibhist a' toiseachadh anns an t-Samhain agus An Gearran. Bidh tuilleadh fiosrachaidh ri fhaotainn anns na h-aithisgean san Dùbhlachd.

Eòlas air a' Ghàidhlig:

Lìbhrig Art MacCarmaig, Eilidh NicCarmaig agus Eilidh NicCoinnich dà sheisean deireannach

Brìgh Modail A(x2) 18 & 25.03.25, ; Modail B (x4) 24.03; 22.04, 28.05, 16.06.25 : uile gu lèir

Luchd-lìbhrigidh	Seiseanan	Còm-pàirtichean
3	18	84

CEÒL

Iomairt Ceòl na h-Òigridh: bliadhna sgoile 2025/26 fo sheòl a-rithist. Là trèanaidh – faicibh gu h-àrd fo 'A' leasachadh sgilean is thàlantan'.

Seinn Uibhist is Barraigh: teirm 1 air a lìbhrigeadh le Dorothy Nic a' Phiocair agus Catherine Tinney

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
2	6	159	272+Barraigh

Acadamaidh a' Mhòid 2025: Mòd Lochabair 4 seachdainnean a bharrachd– **Lùnastal-An Dàmhair**.

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
6	11	104	tbc ach barrachd na 140

Acadamaidh a' Mhòid 2025: Mòd Lochabair – **uile gu lèir**

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
6	19	449	464

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

Blas: ghabh mi pàirt anns na coinneamhan buidhean-stìuiridh agus bha mi an làthair aig cuid de na consairtean – Obar Itheachan (bean-an-taighe), Ulapul, agus Eden Court x2.

Fèisgoil @ Blas:

(i) Ceòl*: lìbhrig sinn sreath de sheiseanan beò sna sgoiltean – **Cèilidhean le Ceistean**:

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
10	7	7	141

(ii) Acadamaidh a' Mhòid @ Blas

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
6	11	26+BSGL	tbc

(iii) Cànan: Blasad Gàidhlig aig Tuath air a thòiseachadh le:

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
2	3	4	72

(iv) Dràma : Meanbh-chuileag @ Blas + Sporan @ Blas

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
3	11	15	331

a bharrachd air sin, bha seiseanan ICO a' ruith tro Bhlas agus bidh fiosrachadh mun àireamhan sin ri fhaotainn

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

Co-obrachadh: Tha mi a' frithealadh mar neach-obrach FnG aig coinneamhan le diofar buidhnean, nan measg Curriculum Improvement Cycle (CIC, Foghlam Alba), Tialt (There is an alternative)(ICO), Music Education Partnership Group (MEPG) agus buidhean ùr le TRACS, Traditional Music Teaching & Learning Group (TMTLG).
A bharrachd air coinneamhan le sgioba Fèisgoil agus le oidean Fèisgoil agus luchd-rianachd ICO:

23.05.25: coinneamh a' bhùird.
28.05 & 16.06.25: a' lìbhrigeadh seiseanan Eòlas air a' Ghàidhlig – Brìgh.
29.05.25: Gàidhlig sna sgoiltean aig tuath le Riaghaltas na h-Alba agus daoine/buidhnean eile.
02.06, 01.07.25: Tialt – mu ICO (04.08 – as aonais eadar-lìon is dealan le stoirm Floris).
03, 09,10,11 & 24.06.25: ceannardan – Blasad Gàidhlig aig tuath.
04.06, 01.07, 20.08 & 03.09.25: buidhean stiùiridh Blas.
11&17.06, 09.09.25: luchd-maoineachaidh Acadamaidh a' Mhòid.
11.06, 28.08.25: ceannardan oidean & bun-sgoiltean Uibhist & Barraigh mu Seinn agus Beairteas.
12.06.25: National Creative Learning Network (NCLN) - UNCRC agus pròiseact Neart.
17.06.25: Comhairle na h-Eagalise Brice mu Blasad Gàidhlig.
30.06 & 28.08.25: coinneamh luchd-obrach & coinneamh manaidsearan FnG.
08.07.25: Jacob O Sullivan (Museums & Galleries, Scotland).
11.07.25: a' tadhal air SSD2025, taisbeanadh fhaicinn agus còmhradh le sgioba.
30.07.25: agallamh le neach-naidheachd Sunday Post.
14.08.25: a' lìbhrigeadh là taic/trèanaidh ICO.
19.08.25: còmhla ri Calum A, a' coinneachadh ri Emma Roddick, BPA.
22.08.25: Calum A agus luchd-obrach Community Enterprise mu cothrom tro CivTec.
27.08.25: Curriculum Improvement Cycle (CIC) (FTMG) le Foghlam Alba.
08, 09, 13.09.25: an làthair aig tachartasan Blas.
09.09.25: MEPG.
11.09.25: coinneamh TRACS (TMTLG).

Ainm	**Calum Alasdair Friseal**
Dreuchd	**Manaidsear Leasachaidh**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Fèis Taigh Dhonnchaidh

- Tha clasaichean feadain agus bocsa gus tòiseachadh a-rithist, air £1 an duine leis gu bheil an t-urras ionadail a' toirt taic, agus tha an Fhèis an dùil clasaichean dràma a chur air dòigh an ath-theirm.
- Chluich cuid de chloinn na Fèise seata aig cèilidh do mhuinntir AMPLIFY fhad 's a bha iad a-bhos san Ògmhìos.
- Bha 45 aig an Fhèis as t-Earrach.

Fèis Eilean an Fhraoich

- Bha an Fhèis na bu trainge na bha i bho chionn bhliadhnaichean am-bliadhna sa, le 211 a' com-pàirteachadh.
- Thathas dol a choimhead air an dòigh as fheàrr na h-àireamhan mòra seo a laimhseachadh sna bliadhnaichean ri thighinn, oir bha clas 1-3 agus cròileagan làn ann am beag agus leth-uair a thìde bhon uair a dh'fhosgail an Jotform. Bha an comataidh draghail gun d' fhuair an t-uabhas bho fhoghlam tro mheadhan na Beurla ann air thoiseach air clann foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, agus thèid beachdachadh air am bu chòir clas 1-3 agus cròileagan fhosgladh do chloinn FTMG a-mhàin.
- B' fheudar dhan chomataidh an Fhèis a ghluasad gu Bun Sgoil Steòrnabhaigh ri linn obair leasachaidh a bha a' dol aig Sgoil MhicNeacail agus chan eil i idir cho mòr no goireasach, agus bha beagan deasbaid a' dol air ais is air adhart leis a' chomhairle a-rithist le gun do chosg e barrachd na chosg an àrd-sgoil an-uiridh.
- Chluich fear de na deugairean a tha an sàs sa bhuidhinn aca aig cèilidh AMPLIFY san Ògmhios, agus ghabh e fhèin, tèile bhon bhuidhinn agus aonan de dh'oidean na buidhne pàirt ann am buidhnean-fòcais AMPLIFY.

Fèis an Rubha

- Bha Fèis an Rubha garbh fhèin trang am-bliadhna sa cuideachd, le àireamhan ag èirigh a-rithist gu 87.
- Ged a tha an comataidh beag, tha amasan gu math soilleir aca. 'S iad: sin Fèis do dheugairean a chur air chois le cho mòr 's a bha an àireamh de chloinn air clas 7 am-bliadhna sa is nach eileas idir ag iarraidh a' chlann sin a chall; fàs a thoirt air an àireimh de chom-pàirtichean gu mu 120; agus neach-obrach uairean-rianachd fhastadh an ath-bhliadhna tro Sgeama Tabhartasan.
- Tha an comataidh draghail mun bhuaidh a dh'fhaodadh ìre an MU a thoirt air an Fhèis. Bha oidean a' faighinn sin a-chianaibh, ach cha robh iad a' teagasg ach 2 uair, aon aig gach ceann den latha, fhad 's a bha iad a' teagasg 4 aig Fèis Eilean an Fhraoich air an dàrna leth den tuarastal. Leis gu bheil FeaF a-nis a' tabhachd ìre an MU tha an comataidh draghail nach bi Fèis an Rubha cho tarraingeach, ach thathas an dòchas fusgladh a lorg tron chlàr-ama.

Fèis Tìr a' Mhurain

- Bha Fèis Tìr a' Mhurain trang a-rithist, le 113 com-pàirtiche, is an Fhèis air fad air a lìbhrigeadh ann an Gàidhlig.
- Chùm iad ris an aon sheachdain ri Ceòlas a-rithist, agus mar sin bha tòrr chloinne is oidean a' siubhal gu tachartasan is cèilidhean na dà buidhne agus teaghlaich a' siubhal a dh'Uibhist gus an deidheadh pàrantan gu clasaichean Cheòlais fhad 's a dheidheadh clann chun na Fèise.
- Tha clasaichean-oidhche gus tòiseachadh a-rithist air an teirm sa.

Fèis Bharraigh

- B' e Fèis 4 latha a bh' aig Fèis Bharraigh am-bliadhna sa ri linn chosgaisean còmhnaidh is bìdh, ach bha an Fhèis gu math soirbheachail le 99 an làthair.
- Thathas an dùil deuchainnean a dhèanamh air teicneòlas AMPLIFY tro chlasaichean Fèis Bharraigh sna mìosan a tha romhainn le cho buannachdail 's a dh'fhaodadh an teicneòlas a bhith dhaibhsan gu h-àraidh. Gheibh an Fhèis taic mu choinneimh seo agus tha sinn an dòchas mar sin gun tèid an t-uallach a th' air a' chomataidh bheag a lùghdachadh.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Bha PVGan nan duilgheadas am-bliadhna ro Fhèisean an t-samhraidh le mar a chaidh an lagh atharrachadh. Bha cabhag mhòr air a' mhionaid mu dheireadh PVGan a chur air dòigh, ach chaidh Fèisean air adhart mar a bu chòir. Ged a chaill oide no dithis a-mach le bhith fadalach a' cur tagradh PVG a-steach, chaidh oidean eile a lorg.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

AMPLIFY

Thàinig muinntir AMPLIFY a thadhal air Eilean Leòdhais airson coinneamh den bhuidhinn air fad anns an Ògmhìos. Tha na coinneamhan seo dol a ghabhail àite gach 6 mìosan, agus b' e seo a' chiad thè bho choinnich sinn ann am Barcelona gus am pròiseact a chur gu dol. Bha tòrr ullachaidh na lùib, ach bha dà latha feumail againn de choinneamhan ann an Grinneabhat, le cur-seachadan cultarail air an oidhche. Bha biadh aca aig a' Chabarfèidh air a' chiad oidhche, is an uair sin biadh le Niseach Chef & cèilidh an ath-oidhche, le com-pàirtichean Fèis Taigh Dhonnchaidh, Ness Melodeon Band agus còmhlan-cèilidh ionadail a' cluich is a' seinn. Dh'fhalbh a h-uile duine air ais gu dùthchannan air feadh na Roinn Eòrpa le tuigse na b' fheàrr air ar coimhearsnachdan, ar cultar, an obair a tha sinn a' dèanamh agus co-theacsa na h-obrach sin. Tha am fiosrachadh a fhuair sinn air ais air a bhith air leth brosnachail. A bharrachd air naidheachdan mu adhartas a roinn, chaidh structar na buidhne atharrachadh. Cha bhithear tuilleadh a' coinneachadh leis a h-uile duine gach mìos, ach ag obair ann am buidhnean beaga, le riochdaire bho gach roinn anns gach buidheann, eadar margaidheachd, pìleatan, innleadaireachd agus mar sin air adhart. Fhuaireadh cothrom teicneòlasan ùra air an robh na h-innleadairean air a bhith ag obair fheuchainn, agus tha an t-slighe air adhart nas soilleire.

Turas

Ghabh an dàrna leth de Thuras àite anns an Ògmhios cuideachd, le turas a Ghaoth Dobhair. Bha e gu math soirbheachail agus tha am fiosrachadh a fhuair sinn air ais air a bhith gu math brosnachail. Bha sinn dà latha, 3 oidhche, anns a' choimhearsnachd bheag sin agus chaidh fàilte bhlàth a chur oirnn. Rinn e feum dhuinne gu proifeiseanta Scoil na Crannóige fhaicinn is a bhith ag ionnsachadh bho modhan a chèile, agus rinn e feum dhan chloinn a bhith air am bogadh ann an coimhearsnachd Ghàidhealach. Bha latha de bhùitean-obrach ciùil is dannsa againn, agus an uair sin latha de shiubhal na sgìre agus cluiche ciùil aig seiseanan air feadh na sgìre.

Ainm	Nicola Simpson
Dreuchd	Àrd Oifigear Leasachaidh

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Fèis Air an Oir

- Thachair a' phrìomh Fhèis anns an Iuchar le còrr is ceud com-pàitiche.
- Bha a' Chèildh air Chuairt gu math soirbheacail. Bha a' bhuidheann a' cluich fad an t-samhraidh leis a' chuirm mu dheireadh aca aig Talla Strathaidh mar phàirt de thachartas Blas aig Fèis Air an Oir.
- Thòisich teirm ùr de na clasaichan leantainneach às dèidh an t-samhraidh.
- Ruith comataidh na Fèise Mòd Ionadail Chataibh is Ghallaibh san Ògmhios agus bha na bun-sgoiltean iondail uile an sàs.

Fèis Chataibh

- Tha clasaichean leantainneach a' ruith mar bu chòir agus tha an comataidh an dùil clas clàrsaich ùr a thòiseachadh cuideachd.
- Chaidh a' Phrìomh Fhèis air adhart ann an Àrdsgoil Ghoillspidh bho 7 – 11 Iuchar agus chòrd e ris a h-uile duine, com-pàirtichean agus oidean.

Fèis a' Bhaile

- Bidh na clubaichean bogsa agus feadain fhathast a' ruith gach mìos.
- Tha sinn an dùil gum bi leasanan clàrsaich a' tòiseachadh a-rithist as dèidh na prìomh Fèis anns an Dàmhair.
- Bidh a' phrìomh Fhèis a tachairt aig BSGI anns an darna sheachdain de làithean-saora na sgoile.
- Bidh 12 com-pàirtiche a' gabhail pàirt anns a' chlas meur-chlàr aig an leabharlann.

Fèis Inbhir Narainn

- Tha na clasaichean leantainneach fhathast a' dol gach seachdain.

Fèis Obar Dheathain

- Tha an comataidh ùr airson cuideigin fhastadh a bheir taic le obair rianachd agus ionmhas gus tachartasan a thòiseachadh a-rithist.

Fèis Spè

- Tha an Fhèis a' leantainn oirre leis na clasaichean seachdaineil aca, a' gabhail a-steach an clas bogsa-ciùil ùr.
- Bha an còmhlan as sine, Monadh Ruadh a-mach air Chuairt Samhraidh soirbheachail tron sgìre iondail aca fhèin anns an luchar.
- Tha planaichean a' tighinn ri chèile airson na prìomh Fèis anns an Damhair agus bidh sin a' tachairt ann an Ceann na Creige a-rithist am-bliadhna seo.
- Bidh an da còmhlan a' gabhail pairt anns a' phròiseact BuSC le Mhairi Hall agus bidh iad ag obair còmhla ri oileanaich bho Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd air sin.

Fèis Ghallaibh

- Tha bùthan-obrach Fèis Ghallaibh a' leantainn tron teirm seo.

Fèis na h-Òige

- Chaidh a' phrìomh Fhèis air adhart aig BSGI bho 7-10 Iuchar.
- Bidh Còisir agus Ceòl na h-Òige a' seinn aig a Mhòd Naiseanta Rioghail an ath-mhìos agus bha tòrr spòrs aca a' seinn leis a' chòisir Makaton – Aon Ghuth aig a' chonsairt mu dheireadh aig Blas.
- Tha an club ciùil òigridh ùr - Club Dihaoine air a' bhith gu math soirbheachail le deichnear a' dol ann gach seachdain. Tha a' bhuidheann air dà bhùth-obrach a dhèanamh le luchd-oideachaidh air aoigheachd a bharrachd air na seiseanan àibhaisteach aca agus fhuair iad £800 bho Urras Eilidh NicLeòid airson na seiseanan a chumail a' dol.

Feis a'Bhealaich

- Bha fìor dheagh dheireadh seachdain aig Fèis a' Bhealaich aig deireadh an Lùnastail nuair a thadhal Ruairidh MacIlleathain, Deirdre Ghreumach agus Charlotte NicCoinnich orra
- Tha mi ag obair leis a' chomataidh agus a' bhun-sgoil airson leasanan feadain a chur air dòigh

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Cèilidhean air Chuairt

- Bha Cèilidhean air Chuairt aig Fèis Air an Oir, Fèis Phaislig, Fèis Lochabair agus Fèis Latharna thairis air an t-samhradh agus chaidh iad uile fìor mhath. Thàinig iad uile còmhla airson seachdain trèanaidh aig Loidse a' Ghlinne Mhòir bho 7-11th Iuchar.
- Chaidh Cèilidh air Chuairt Fèis Lochabair air turas sònraichte gu Eilean Chanaigh oir cha robh cothrom aca a dhol anns an Ògmhios mar a bha iad an dùil.
- Bha naoinear chom-pàirtichean an sàs leis a' chonsairt mu dheireadh aig Blas, a' cluich a' choimisein a sgrìobh Mike Vass ann an 2020.

Colmcille

Chaidh com-pàitichean Turas air chuairt do Dhùn nan Gall air a' chiad dheireadh-seachdain den Ògmhios còmhla-ri Calum Friseal agus oide Rae NicÌomhair. Tha mi ag obair air an aithisg mu dheireadh an-dràsta airson a' phròiseict seo.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca

- Bidh mi a' frithealadh choinneamhan Bhlais mar riochdaire nam Fèisean a bharrachad air sin dh'obraich mi leis na leabharlannan air tachartasan a bharrachd aig Blas am-bliadhna seo. Cuideachd, tha mi ag obair le Highland Good Food Partnership airson tachartasan a leasachadh airson ns h-ath-bhliadhna.
- Thairis air an t-samhradh bha mi aig na Fèisean ciùil The Gathering agus Belladrum a chuideachadh le seiseanan 'Thig agus Cluich' ann an co-bhann le Friends of Highland Music. 'S e cothrom math a bh' ann na Fèisean agus Blas a bhrosnachadh.
- Aig deireadh an luchair rinn mi-fhèin is Abi seisean 'Thig is Cluich Ceòl Tradiseanta' mar phàirt de phròg ram samhraidh Comhairle na Gàidhealtachd airson inbhich a tha ag ionnsachadh Beurla mar chànan a bharrachd.
- Chluich, pìobairean òg bho Fhèis na h-Òige aig cuirm-chnuic samhraidh airson an luchd-ionnsachaidh inbhich.
- Anns an Ògmhios thadhail mi air Taigh Chanaigh còmhla-ri Raonaid Lincoln bho Fhèis Lochabair agus Sarah Jayne Shankland bho Fhèis nan Garbh Chrìochan mar pàirt de shreath de thachartasan a bha a' gabhail àite gus ath-fhosgladh Taigh Chanaigh a chomharrachadh. Tha mi an dùil gum bi tòrr chothroman againn a bhith a' leasachadh com-pàirteachaidhean le NTS anns na bliadhnaichean a tha romhainn.

Ainm	**Abi NicIlleRuaidh**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Fèis an Iar Dheas

Fhuair Erin Ceannadach cùmhnant airson uairean rianachd a dheanamh agus tha i a' faighinn a h-uile rud deiseil airson an latha Fèise a tha gu bhith aca air an 28mh dhen t-Sultain. Fhuair iad airgead bhon Urras Eilidh NicLeòid airson taic a chumail ris an Fhèis.

Fèis an Tairbeirt

Bha a' chiad seisean aig Kaitlin Ross ann an Tairbeirt air an 8mh dhen Lùnastal agus bha e gu math soirbheachail. Bha 13 ann aig seisean "Fèis Bheag" son aoisean 0-5 (le pàrant), 4 sa seisean son aois 5-8, 9 ann son "Eòlas aig a' Ghàidhlig" agus 6 airson "Seinn sa Ghàidhlig". Bidh an ath sheisean air an 17mh dhen Dàmhair agus am fear mu dheireadh air an 8mh dhen t-Samhain.

Fèis Arainn

Bha Fèis soirbheachail aig Fèis Arainn eadar an 22mh agus an 25mh dhen t-Iuchar le cèilidh airson an coimhearsnachd agus taisbeanadh na Fèise air an Dihaoine.

Fèis Chille Bhrìde an Ear

Bha coinneamh agam le William McAvoy agus Jenny McTaggart air an 10mh dhen t-Òg Mhios is tha ùidh aca fhathast tachartasan a thòiseachadh a-rithist.

Fèis Dhùn Èideann

Fhuair FDE airgead bhon Stòras Leasachaidh airson tadhail air na sgoiltean ann an Dhùn Èideann airson na clasaichean seachdaineil a thaisbeanadh. Cuiridh sinn planaichean air dòigh is tha sinn an dòchas gum bi iad a' tachairt cho luath sa ghabhas leis gu bheil an teirm ùr air thòiseachadh.

Fèis Farr

Bha coinneamh agam le Raghnaid air an 25mh dhen t-Ògmhìos airson bruidhinn air na tachartasan a tha i airson a' ruith sa sgìre.

Fèis Fhoirt
Bha latha "Thig is Feuch" aig FF air an 9mh dhen Lùnastal agus thòisich na clasaichean sa Tolbooth aca a-rithist air an 23mh dhen Lùnastal. Tha Anna Whiteford a-nis a' deanamh na h-uairean rianachd aig Fèis Fhoirt agus Fèis Phàislig.

Fèis Ghàidhlig Ghlaschu
Bha coinneamh agam le Rae Niclomhair air an 20mh dhen Lùnastal ann an Inbhir Nis agus bha i a' faighinn deiseil airson na clasaichean seachdaneil a tòiseachadh. Tha iad a' tabhainn clasaichean airson clann ann an C1 – ÀS2 gach Diciadain tro teirm na sgoile.

Fèis Lannraig a Tuath
Bha Fèis soirbheachail aig FlanU cuideachd aig Àrd Sgoil Greenfaulds eadar an 28mh dhen t-Iuchar agus an 1mh dhen Lùnastal.

Fèis Phàislig
Bha cuideachd Fèis soirbheachail aig FP eadar an 15mh agus an 18mh dhen t-Iuchar. Tha na clasaichean seachdaineil agus còisir Gàidhlig a' dol gu math agus planaichean tighinn ri chèile airson na tachartasan son 10 bliadhna a chomharrachadh. Tha iad a' sireadh cudeigin airson òran Gàidhlig ùr a sgrìobhadh.

Fèis Thatha
Bha coinneamh agam le Katie air an 22mh dhen Lùnastal airson bruidhinn air an Fhèis agus pròiseactan a bharrachd a th' aca.

Ionnsramaidean
Tha mi air a bhith ag obair còmhla ri Nicola, Maria agus Calum F ionnsramaidean fhaighinn dha na Fèisean agus pròiseactan eile a dh'fheumas iad.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Trèanadh InDesign
Tha mi fhathast ag obair tro trèanadh In Design nuair a bhios cothrom agam.

Trèanadh YMI
Chaidh mi gu seisean treànaidh YMI ann an Inbhir Nis air an 14mh dhen Lùnastal airson barrachd ionnsachadh mu dheidhinn teagasg òrain Ghàidhlig.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Thig is Feuch
Chuidich mi Nicola seisean "thig is feuch" a' ruith aig an Spectrum Centre airson fògarraich air an 30mh dhen Iuchar agus tha mi air a bhith ann an connaltradh le cuid dhe na com-pàirtichean as dèidh làimh a tha airson clasaichean ciùil a thòiseachadh.

Fuaran
Tha cùisean a' gluasad le Fuaran agus bha Mirren Ward ag obair còmhla rium air a' phròiseact bhon t-Ògmhios chun an t-Sultain.
Bha deireadh-sheachdain treànaidh san Aghaidh Mhòr air an 13mh agus 14mh dhen t-Ògmhios agus bha 6 com-pàirtichean ann. Bha bùthan-obrach againn còmhla ri Alasdair MacIlleBhàin, Raghnaid Sandilands, Flòraidh Forrest agus Eòghan MacEunraig.

Tha na com-pàirtichean air an rannsachadh aca a dheanamh agus fhuair iad cothrom òrain a chlàradh ann an Inbhir Nis air an 13mh dhen t-Sultain. Fhuair iad cothrom an uair sin a bhith seinn mar phàirt dhe chuirm Blas. A-nis, tha sinn a' cur làithean air dòigh airson bhidiothan a chlàradh.
Sna seachdainnean a tha tighinn, bidh na com-pàirtichean a' clàradh podcasts leis am mentor aca, Deridre Greumach agus bidh Jo Dòmhnallach a' deanamh ceartachadh agus notaichean air an rannsachadh aca.
Tha mi air a bhith ann an connaltradh mu dheidhinn larach-lìn ùr a thogail son Fuaran, agus le daoine airson na bhidiothan a chlàradh.
A-nis gu bheil Mirren deiseil, bidh sinn a' sìreadh cudeigin ùr mar Oifigear Pròiseact.

Blas
Bha mi nam bhean an taighe ann an Ruigh Sholais, agus bha mi cuideachadh rud beag le posts airson na meadhannan-sòisealta.

Ainm	**Aonghas MacLeòid**
Dreuchd	**Oifigear Dràma**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Seirbheis eadar-theangachaidh agus dearbh-leughaidh
Lìbhrig mi seirbheis eadar-mhìneachaidh mar aon aig coinneamh a' bhùird a chaidh a chumail aig Taigh-òsta Mhuilnean an Rìgh, Inbhir Nis air 23 Cèitean.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Latha Dràma – Pròiseact Paidhleat
Eadar Diciadain 7 Cèitean agus 4 Ògmhios lìbhrig mi pròiseact pàidhleat a bha ag amas air sgoiltean le foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd. Ghabh seachd bun-sgoiltean pàirt sa phròiseact.

Hùb Hàb 2025
Thàinig an turas le Hùb Hàb: Latha Mòr nan Geamaichean Gàidhealach gu crioch air 30 Cèitean. B' e taisbeanadh eadar-obrachail do aon neach a bha ann, a bha ag amas air sgoilearan ann an foghlam tro mheadhan na Gàidhlig eadar C1-C3. Chaidh Mirren Ward fhastadh gus an turas lìbhrigeadh agus chaidh i air turas leis gu bun-sgoiltean ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd agus Comhairle nan Eilean Siar eadar 19 agus 30 den Chèitean.

Meanbh-chuileag 2025/ 2026 – Cà deach a' Chlach? Turas 2
Às dèidh dà latha deasachaidh chaidh an an dàrna turas le 'Cà deach a' Chlach?' a chumail eadar eadar 18 Òmhios agus 1 den Iuchar le Fearghas Rothach agus Claire Frances NicNìll a' cleasachd san dealbh-chluich. Tha an dealbh-chluich stèidhte air an sgeul mu Chlach Sgàin agus mar a chaidh a' chlach a 'saoradh' o Abaid Westminster ann an 1950. 'S àbhaist tursan le dealbhan-cluich Meanbh-chuileag a bhith ag amas air bun-sgoiltean ach thug an turas seo cothrom do dh'àrd-sgoiltean le roinnean Gàidhlig ga fhaicinn 's pàirt a ghabhail sa bhùth-obrach a bhios ann às dèidh làimh.

Sgoil-Shamhraidh Dràma 2025
Chaidh Sgoil na bliadhna seo a chumail eadar 7 agus 12 den Iuchar 2025 ann am Port Rìgh. Bha i fosgailte do thagraichean aig aois na h-àrd-sgoile a tha fileanta sa Ghàidhlig agus ghabh ceithir-deug compàirtichean pàirt innte. Chaidh an Sgoil a chumail aig an Ionad aig Àrd-sgoil Phort Rìgh agus chaidh àite-fuirich a chur air dòigh do chompàirtichean aig ostail Eilginn. Chaidh Tanya NicDhòmhnaill fhastadh mar stiùiriche-ealain na Sgoile agus tron t-seachdain fhuair I taic bhuam fhèin, Rachel Kate NicLeòid agus Fearghas Rothach. Air an latha mu dheireadh den Sgoil,

rinn iad dà thaisbeanadh de Pàrtaidh Granaidh Peigi, dealbh-chluich ùr a chruthaich na compàirtichean tron t-seachdain. Chaidh a' chiad thaisbeanadh a chumail sa mhadainn agus air a' bhlàr a-muigh aig Raon-cluiche Rìgh Sheòrais V ann am Port Rìgh. Chaidh an dàrna thaisbeanadh a chumail feasgar aig An Crùbh ann an Slèite.
A bharrachd air a bhith gan sanasachd le postair a chruthaich iad fhèin le taic bho Rachel Kate NicLèoid, rinn iad tuilleadh shanasachd mar phàirt de agallamhan a rinn iad le Radio nan Gàidheal agus Radio Skye.

Thathar an dùil gun tèid an ath Sgoil a chumail aig an aon àm an ath bhliadhna is thèid cinn-latha, fiosrachadh mun Sgoil agus ceangal gu foirm-clàraidh air loidhne fhoillseachadh air ar làrach-lìn aig feisean.org/ssd/

Meanbh-chuileag 2025/ 2026 – Dìleab Iain 's Maireid
Chuir mi crioch air sgriobt son dealbh-chluich mun bheatha aig Iain Latharna Caimbeul agus Mairead Fay Sheatach agus an tasglann aca ann an Taigh Chanaigh. Chaidh Fearghas Rothach agus Grace Mortan fhastadh mar chleasaichean gus an turas lìbhrigeadh gus chaidh latha leasachaidh a chumail leotha cleasaichean air Dihaoine 22 Lùnastal ann am Peairt mus deach laithean deasachaidh a chumail ann an Inbhir Nis eadar 25 agus 29 Lùnastal. Thoisich an turas air 1 Sultain sna h-Eileanan an Iar agus thig e gu crioch air Dihaoine 3 Dàmhair.

Sporan 2025
Aig toiseach na Sultain, chuir mi crioch air planaichean son bùth-obrach eadar-obrachail do sgoilearean C5 – C7 a tha ag ionnsachadh Gàidhlig mar chànan a bharrachd. 'S e amas a bhùth-obrach brosnachadh a thoirt do sgoilearan coimhead air fianais de Ghàidhlig san sgìre aca fhèin agus thèid iomradh a dhèanamh air a' bhuaidh a bh'aig na Fuadaichean air a' chànan. Thèid an turas lìbhigeadh eadar 10 agus 19 den t-Sultain ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd aig 6 sgoiltean ann an Cataibh agus dà sgoil ann an Siorrachd Rois.

Panto 2025
Thathar an dùil sgioba de de thriùir chleasaichean a dhearbhadh deireadh a mhìos seo agus tha mi air dreach den sgriobt a sgrìobhadh a bhios stèidht air an sgeul mu Dick Whittington. Bidh an turas a' gabhail àite eadar 24 Samhain agus 5 Dùbhlachd le dùil gun tèid taisbeanadh poblach a chumail aig Cultarlann Inbhir Nis air Diardaoin 4 Dùbhlachd.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

Coinneamhan:
Sgioba luchd-obrach Inbhir Nis/ Luchd-obrach FnG – Coinneamhan an dràsta 's a-rithist (Zoom/Teams). Bha mi an làthair aig coinneamh Zoom a chaidh a chumail air Diluain 30 Òmhios.

Sgioba Fèisgoil – Thèid coinneamhan sgioba a chumail an dràsta 's a-rithist le Eilidh NicCoinnich is Eilidh NicCarmaig air Teams.

Sreath-stiùiriche – Thèid coinneamhan aghaidh ri aghaidh no Teams a chur air dòigh ma bhios taic a dhìth.

Sgoil Shamhraidh Dràma 2025 – Chaidh coinneamh planaidh a chumail air Teams air 11 den Ògmhios 2025 le Tanya NicDhòmhnaill, Stiùiriche-ealain na Sgoile..

Meanbh-chuileag 2025 – Chaidh agallamh a chumail air Zoom le Grace Morton air 5 den Lùnastal 2025 agus chaidh seisean leasachaidh air loidhne a chumail air Zoom le Grace Morton agus Fearghas Rothach air 22 Lùnastal 2025.

Ainm	**Eilidh NicCarmaig**
Dreuchd	**Rianaire Fèisgoil**

NOTA: Bidh àireamhan do na pròiseactan Fèisgoil air fad ri fhaotainn ann an aithisg Eilidh MB.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Là-trèanaidh do dh'oidean ICO 14.08.25
Ghabh seo àite ann an The Treehouse (Scottish Canals) ann an Inbhir Nis air 14.08.25. Bha dà sheisean againn, aon bho Ingrid NicEanraig air a bhith a' teagasg "na clasaigean" agus taic le obair-còmhlain agus seisean eile le Lisa Dhòmhnallach air dèiligeadh ri modh agus dòigh-giùlain a tha dùbhlanach sna clasaichean.

Buain: Cruinneachadh nan Ealain Gàidhlig 10.09.25
Bha mi an làthair aig a' cho-chruinneachadh anns an Òban le buidhnean agus luchd-ealain Gàidhlig.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

DRÀMA

Faic aithisg Aonghais MhicLeòid airson fiosrachadh nas mionaidiche a thaobh pròiseactan dràma.

Meanbh-chuileag: Cà' Deach a' Chlach?
Ghabh an dàrna leth den turas an-uiridh àite eadar 16.06 agus 02.07 le Claire Frances NicNìll agus Fearghas Rothach air bòrd a-rithist le fòcas air ceann sìos na h-àrd-sgoile an turas-sa agus cuid de bhun-sgoiltean nach d' fhuair cothrom a' chiad turas.

Meanbh-chuileag: Dìleab Iain & Maireid
Tha riochdachadh ùr a' coimhead ri sgeulachd Mairead Fay Sheathach agus Iain Latharna Caimbeul air an rathad a-rithist eadar 08.09.25 and 03.10.25 ged a bha againn ri fear no dhà a chur dheth air sgàth 's droch shìde agus tinneas. Ach, chaidh bùthan-obrach a lìbhrigeadh le Fearghas Rothach na àite. Tha mi fhìn air a bhith ag obair air clàran-ama, àitichean-fuirich is siubhal a chur air dòigh agus goireasan-taice do na sgoiltean.

CÀNAN

Blasad Gàidhlig
Faic aithisg EMB airson barrachd fiosrachaidh.

Tha sinn a' cur seisean taice air dòigh do dh'oidean air-loidhne am-bliadhna agus a' feitheamh fios air corra cheann-là aig toiseach an Dàmhair a dh'fhaodadh a bhith freagarrach.

Beairteas: Air Bhioran!
Faic aithisg EMB airson barrachd fiosrachaidh.

Eòlas air a' Ghàidhlig
Brìgh (Bòrd na Gàidhlig) Modail B
Chuir sinn crìoch air na seiseanan seo ron t-samhraidh le seisean air 28.05 agus 16.06.25. Chuir sinn goireasan air dòigh do chom-pàirtichean agus chaidh seo a cho-roinn ro làithean-saora an t-samhraidh.

CEÒL

Iomairt Ceòl na h-Òigridh

Seiseanan air tòiseachadh a-rithist airson na bliadhna-sgoile 2025/26 ann an cuid de sgìrean agus co-òrdanaichean ag obair gus clàr-ama a chur air dòigh airson a' chòrr den bhliadhna. 'S e Cailleach Beinn a' Bhric an t-òran co-roinnte a th' againn am-bliadhna agus chaidh seo a theagasg aig an là-trèanaidh, ach cha bhi cuideam orra a chlàradh mura h-eil iad airson sin a dhèanamh.

Seinn Uibhist & Barraigh
Tha seiseanan air tòiseachadh a-rithist airson na bliadhna le Catherine Tinney ann am Barraigh agus Dorothy Nic a' Phiocair ann an Uibhist. Tha sinn an dòchas gum bi cuid bhon sgioba luaidh ann am Barraigh a' tadhal air an sgoil.

Acadamaidh a' Mhòid
Tha AaM cuideachd fo sheòl a-rithist às dèidh nan làithean-saora airson 4 seiseanan mu dheireadh ron Mhòd.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

Blas
Bha mi an làthair air oidhche Luain 08.09.25 ann an Dùn Bheagan gus taic a chumail ris an luchd-ciùil.

Fèisgoil @ Blas
Chuir sinn grunn sheiseanan air dòigh anns na sgoiltean ionadail ri cuirmean Blas còmhla ris an luchd-ciùil aison cèilidh le ceistean. Faic aithisg EMB airson fios air cò nochd càite.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

A bharrachd air coinneamhan gu cunbhalach le Eilidh MB agus Aonghas, tha mi air a bhith an sàs anns na coinneamhan/tachartasan a leanas:

28.05.25 a' lìbhrigeadh Eòlas air a' Ghàidhlig – Modail B le EMB agus Art
16.06.25 a' lìbhrigeadh Eòlas air a' Ghàidhlig – Modail B le EMB agus Art
30.06.25 Coinneamh Sgioba FnG
02.07.25 Coinneamh le EMB mun t-samhraidh
14.08.25 Là-trèanaidh ICO, Inbhir Nis
26.08.25 Coinneamh le EMB mu Chruinneachadh nam Fèisean
08.09.25 Blas @ Dùn Bheagan
10.09.25 Buain: Co-chruinneachadh nan Ealain Gàidhlig, An t-Òban

Ainm	**Maria NicCasgaill**
Dreuchd	**Rianaire agus Stiùir Dìon Chloinne**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

- Ag uallachadh rianachd PVG airson Achd Foillseachaidh ùr (bho 1 Gilbean 2025 air adhart).
- A' clàradh na sgaoilidhean gualain a thig bho program na buidhne.
- Ùrachaidhean ris an stòr-dàta (oidean, buill, agus ionnsramaidean).
- Làimhseachadh leantainneach air rianachd Tasgadh agus Maoin nan Ealan Gàidhlig.
- Làimhseachadh leantainneach air ionnsramaidean, cùmhnantan fastaidh agus càradh.
- Fàirdeal agus clàradh chosgaisean.
- Rianachd PVG, sgrùdaidhean agus iarrtasan.
- Fàirdealachadh, clàradh chosgaisean, rèite banca.
- A' coileanadh ordain leabhraichean (air-loidhne, fòn agus p/d)
- A' dearbhadh ID airson tagraidhean PVG tro Zoom
- A' cur ri Stiùireadh Sgeama PVG Fèisean nan Gàidheal do Thagraichean

- A’ cur ri buileachadh Stiùireadh Sgeama PVG Fèisean nan Gàidheal do Thagraichean
- A’ cur a-steach tagraidhean PVG do *Volunteer Scotland* (120 tagraidhean)
- A’ frithealadh tachartas Blas mar riochdaire FnG
- A’ cur ri ragrachadh Cruinneachadh nam Fèisean 2025
- A’ deasachadh Faileas 82 airson foillseachadh

A’ leasachadh sgilean is thàlantan

- Ag ùrachadh eòlas air stiùireadh Achd Foillseachaidh (Alba) 2020 tro Volunteer Scotland
- Ag ùrachadh eòlas air InDesign
- Ag ùrachadh eòlas air MailChimp

A’ toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

- Ùrachaidhean leantainneach air an làrach-lìn
- A’ frithealadh tachartas Blas

Fèisean nan Gàidheal

Blas 2025 agus ball Fèis Blas Earranta a thaghadh

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2025.02(d)

Bun Fhiosrachadh

Chaidh Fèis Blas 2025 a chumail eadar 5 agus 13 Sultain. Gheibhear aithris air an Fhèis aig a' choinneamh, le aithisg slàn air ullachadh airson an ath choinneimh.

Aig a' choinneamh mu dheireadh den Bhòrd-stiùiridh thugadh fainear gu robh feum air dreuchd rùnaire ri lìonadh agus ball, no buill, ùra ri aontachadh airson Blas Earr., companaidh a thathas a cleachdadh gus Blas a stiùireadh. Chaidh aontachadh gun deidheadh deiligeadh ris aig an ath-choinneamh san t-Sultain.

Gnìomh a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird:

1. Fa-near a thoirt don fhiosrachadh mu dheidhinn Blas 2025
   agus
2. Aontachadh cò a bu chòir a bhith nan ball agus nan rùnaire air Fèis Blas Earranta

Calum A Macmhaoilein
Ceannard
An t-Sultain 2025

Fèisean nan Gàidheal

Cùisean Ionmhasail

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2025.03

Anns an aithisg seo:

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2025.03(a) — **Gnìomh a dhìth**

Teachd a-steach agus cosgaisean 2025-26 leis mar a thionndaidh cùisean a-mach gu 16 Sultain 2024. — Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2025.03(b)

Bidh na suimeannan a th' againn anns a' bhanca air an dearbhadh aig a' choinneimh. — Aithris airson Fiosrachaidh

Faicibh pàipear-taic 3.2025.04(b)-1 le fiosrachadh mu airgead taistge le Flagstone.

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2025.03(c)

Cunntasan Riaghlaidh gu 30 Ògmhios 2025, air an ullachadh le Mann Judd Gordon. — Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2025.03(d)

Tabhartasan nam Fèis 2025-26 leis na chaidh a phàigheadh gu 16 Sultain 2025. — Airson Fiosrachaidh

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2025.03(e)

Cunntasan Bliadhnail gu 31 Màrt 2025. — Airson Aontachaidh

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2025.03(f)

Thàinig grunn phuingean am bàrr fhad 's a bha Mann Judd Gordon a' sgrùdadh nan cunntasan againn agus bidh mìneachadh orra seo aig a' choinneimh agus aontachadh air an fhreagairt a thèid thuca. — Airson Aontachaidh

Leis gun deach cùmhnant trì-bliadhna aontachadh le Mann Judd Gordon ann an 2024, 's e ar moladh gum bu chòir don Bhòrd an dearbhadh aig a' Choinneimh Bhliadhnail mar luchd-sgrùdaidh airson 2025-26.

Anne Willoughby
Manaidsear Gnìomha
An t-Sultain 2025

Teachd a-steach agus a-mach 2025-26 leis mar a thionndaidh cùisean a-mach gu 16mh Sultain 2025

Àireamh air a' Chlàr-chùisean: 3.2025.03(a)

Buidseatan Fèisean nan Gàidheal 2025-26

TEACHD A-STEACH	**2025-26**	**ÙINE**	**FÌOR**	**DIOFAR**	**NÒTAICHEAN**
Prìomh Thabhartasan	£436,193	£218,097	£212,949	-£5,148	
Cìsean Stiùiridh	£131,200	£65,600	£131,200	£65,600	1
Sgeama Thabhartasan	£330,000	£165,000	£182,050	£17,050	
Maoin Leasachaidh nam Fèisean	£13,500	£6,750	£13,500	£6,750	
Uairean Bliadhnail	£22,500	£11,250	£22,500	£11,250	
Tabhartasan Tiomnaichte	£146,500	£73,250	£0	-£73,250	2
Trèanadh	£6,000	£3,000	£6,000	£3,000	
Fèisgoil	£341,000	£170,500	£59,843	-£110,657	3
Fèis Bhlas	£169,000	£84,500	£100,389	£15,889	
Teachd-a-steach Eile a chaidh a Chosnadh	£21,650	£10,825	£6,616	-£4,209	
Taic do Chèilidhean air Chuairt	£45,000	£22,500	£15,391	-£7,109	
Tachartasan Còmhnaidheach Gàidhlig	£43,000	£21,500	£42,261	£20,761	
Sgrìobhadh Òrain Ghàidhlig & Tasglannan	£56,925	£28,463	£56,925	£28,463	4
Mòr-chuirmean is Cothroman Eadar-nàiseanta	£66,300	£33,150	£66,981	-£33,831	5
Goireasan is Pròg̀ram Didseatach	£9,000	£4,500	£9,000	£4,500	
Meadhanan/PR/Ùrachaidhean air an làrach-lìn/Cuairt-litir	£2,000	£1,000	£2,000	£1,000	
FèisTV	£10,500	£5,250	£8,000	£2,750	
Teachd-a-steach fhathast ri thogail	£0	£0	£2,577	£2,577	
TEACHD A-STEACH GU H-IOMLAN	**£1,850,268**	**£925,134**	**£938,181**	**£13,047**	
TEACHD A-MACH					
COSGAISEAN RUITH					
Tuarastalan an Luchd-obrach	£371,337	£185,669	£184,408	-£1,261	
Suimeannan NIC	£55,701	£27,850	£24,255	-£3,595	
Suimeannan Pàighte do Pheinnseanan	£18,567	£9,283	£9,209	-£74	
Siubhal, Àiteachan-fuirich, Biadh do Luchd-obrach	£13,000	£6,500	£4,004	-£2,496	
